

SABHAL
MÒR OSTAIG

Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig



RO-SHEALLADH

PROSPECTUS



University of the
Highlands and Islands
Olltigh na Gàidhealtachd
agus nan Eilean

CLÀR-INNSE CONTENTS

FÀILTE WELCOME	02
A' CHOLAISTE THE COLLEGE	04
A' CHOIMHEARSNACHD THE COMMUNITY	06
BEATHA @ SMO LIFE @ SMO	08
DÈ THA DOL? WHAT'S ON?	12
ÀITEACHAN-FUIRICH ACCOMMODATION	16



22	CÙRSAICHEAN GOIRID SHORT COURSES	
28	FÀILTE - STIÙRICHE AN FHOGHLAIM WELCOME - THE DIRECTOR OF STUDIES	
29	ADHARTAS TRO NA CÙRSAICHEAN COURSE PROGRESSION	
30	CÙRSAICHEAN AIR ASTAR DISTANCE LEARNING	
34	CÙRSAICHEAN FO-CHEUM UNDERGRADUATE COURSES	
56	CÙRSAICHEAN FOR-CHEUM POSTGRADUATE COURSES	
	CÙRSAICHEAN SÒNRAICHTÉ SPECIALIST COURSES	60
	RANNSACHADH RESEARCH	63
	SEIRBHEISEAN OILEANACH STUDENT SERVICES	65
	IARRTASAN HOW TO APPLY	66
	POILEASAIDH CÀNAIN LANGUAGE POLICY	68
	CUIR FIOS THUGAINN CONTACT US	69





FAILTE WELCOME

Fàilte ort gu ar ro-shealladh!

Tha Sabhal Mòr Ostaig moiteil a bhith na ionad Nàiseanta airson Cànan is Cultar na Gàidhlig – an aon cholais san t-saoghal far am faigh thu do chuid foghlaim gu tur tro mheadhan na Gàidhlig – bho ire töiseachaидh gu ire PhD - agus ge bith a bheil thu a' fuireach ann am Malaig, Montròis no Minnesota. Tha ceumannan an t-Sabhal air an dearbhadh le Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean.

Co-dhiù a bheil thu an dùil a bhith ag ionnsachadh pàirt-thìde no làn-thìde, a bhith còmhla rinn air làrach an t-Sabhal no a bhith mar oileanach air astar, gheibh thu an teagastg is stiùireadh rannsachaidh as fhèarr a tha ri fhaighinn sa Ghàidhlig.

Bidh thu nad phàirt de choimhlearsnachd bheòthail na Gàidhlig - leis an cùm thu ann an conaltradh, agus air an cuimhnich thu, fada an dèidh dhut ceumnachadh!

Siuthad: gabh an cothrom!



Welcome to our prospectus!

Sabhal Mòr Ostaig is proud to be the National Centre for the Gaelic Language and Culture – the one college in the world where you can have your entire education in Gaelic – from beginners' courses to a PhD – regardless of whether you live in Mallaig, Montrose or Minnesota. Our SMO degrees are validated by the University of the Highlands and Islands.

Whether you wish to study part- or full-time, to be with us on campus at Sabhal Mòr or to be a distance-learning student, you will have the best teaching and research supervision available in Gaelic.

You will be part of a lively Gaelic community – that you will keep in touch with, and that you will remember, for a long time after you graduate!

Go on: take the opportunity!

DR. GILLIAN ROTHACH
Prionnsapal na Colaiste | College Principal

A' CHOLAISTE

Fàilte gu Sabhal Mòr Ostaig, an t-IONAD Nàiseanta airson Cànan is Cultar na Gàidhlig, ann an Slèite san Eilean Sgitheanach, sgìre cho brèagha 's a tha ann an Alba. Tha a' Cholaiste na com-pàirtiche ann an Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean (OGE). 'S e Sabhal Mòr Ostaig an aon cholaiste Ghàidhlig san t-saeghal a tha a' tabhann chothroman foghlaim aig àrd-ire tro mheadhan na Gàidhlig.

Tha sàr ghoireasan ionnsachaidh ri fhaighinn anns a' cholaiste ùr-ghnàthaich seo, a leithid leabharlann aig a bheil clù eadar-nàiseanta. Tha stiùidio craolaidh is

clàraidh ann cuideachd, agus tha àiteachan-fuirich is ionad cùram-chloinne air àrainn na Colaiste.

Ma nì thu cursa aig Sabhal Mòr Ostaig, bidh thu an sàs ann an àrainn Ghàidhlig a th' aig cridhe coimhearsnachd far a bheil an cànan làidir fhathast, agus gheibh thu cothrom air leth airson an cànan ionnsachadh agus a bhruidhinn agus cha bheag na caraidean a nì thu an seo.

Thig ann gus am faic thu na buannachdan a gheibh thu le bhith ag ionnsachadh còmhla rinn.

THE COLLEGE

Welcome to Sabhal Mòr Ostaig, the National Centre for the Gaelic Language and Culture. The College is an academic partner within the University of the Highlands and Islands (UHI). Sabhal Mòr Ostaig UHI is the only college of its kind in the world offering further and higher education through the medium of Scottish Gaelic as well as being situated in one of the most beautiful parts of Scotland, on the southern peninsula of Sleat on the Isle of Skye.

Sabhal Mòr Ostaig is a modern, innovative college and has excellent

learning resources on-campus including an exceptional library collection. It also has broadcast and recording facilities, residential student accommodation and a Gaelic-medium childcare facility on site.

In choosing to study at Sabhal Mòr Ostaig you will become part of a Gaelic campus at the heart of the community where you will be immersed in Gaelic and will have the best possible chance to learn and use the language and of course, you will make friendships that last a lifetime.

Come and discover the many benefits of studying with us.



A photograph of a man with dark hair and a beard, wearing a grey sweater over a white shirt and jeans, standing on a wooden stage floor. He is playing a black acoustic guitar. To his left is a black Peavey guitar amplifier. The background shows a large, colorful mural of a landscape with mountains and water, and the ceiling is decorated with blue string lights. The overall atmosphere is that of a live music performance.

A' CHOIMHEARSNACHD THE COMMUNITY

**A' CHOIMHEARSNACHD
THE COMMUNITY**

Bha Sabhal Mòr Ostaig air a stèidheachadh air beatha anns a' choimhairsnachd. Thar nam bliadhnaichean, tha an t-Ionad Nàiseanta airson Cànan is Cultar na Gàidhlig, a tha na chom-pàirtiche ann an OGE is na ionad rannsachaidd aig a bheil cliù eadar-nàiseanta, air àite a chosnadh ann an cridhe nan daoine, nam buidhnean agus nan coimhairsnachdan.

Tha ceanglaichean làidir aig a' Cholaiste leis a' bhun-sgoil ionadail, Bun-sgoil Shlèite, agus leis an ionad cùram-chloinne, Fàs Mòr, a tha suidhichte aig a' Cholaiste.

Thatagar a' neartachadh obair na Colaiste tro chàirdeas le coimhairsnachd na Gàidhlig agus tha iomadh pròiseact cultarail is cruthachail stèidhichte aig an t-Sabhal

Sabhal Mòr Ostaig was founded on the principle of being part of the local and wider community. It has, through the years, taken its place in the hearts of communities, groups and individuals; as the National Centre for Gaelic Language and Culture, UHI partner and an internationally renowned research facility.

The College has strong ties with the local primary school, Bun-sgoil Shlèite, and also with the Gaelic medium childcare facility, Fàs Mòr, which is situated on campus.

The College's activities are greatly enhanced by co-operative links within the wider Gaelic community and it is home to a number of creative and cultural projects such as Tobar an Dualchais,

Mhòr, leithid Tobar an Dualchais, Ainmean Àite na h-Alba agus Cànan Graphics Studio.

Tha na h-ealain is cultar na Gàidhlig fior chudromach don Cholaiste agus thatagar a' ruith prògram ealain air mhuinntireas ann an ceòl, litreachas, dràma agus na h-ealain lèirsinneach. Tha a' Cholaiste cuideachd air a cleachdadh leis a' bhuidhinn choimhairsnachd ealain, SEALL, a bhios a' cur air adhart tachartasan ciùil, ealain agus dràma san sgìre fad na bliadhna.

Tha Prògram lomlaid na Colaiste a' tabhann deagh chothrom eadar-nàiseanta do dh'oileanaich agus iad a' cur seachad semeastar sa bhliadhna urraim ann an Alba Nuadh no Éirinn.

Ainmean Àite na h-Alba and the multimedia and design company Cànan Graphics Studio.

SMO plays a leading role in the promotion of the Gaelic arts and culture and hosts a programme of residencies for artists in music, literature, drama and the visual arts. It is also a venue for the local arts promoter, SEALL, and hosts a large variety of music, art and theatre events throughout the year.

International links are provided via the College's Exchange Programme which offers a fantastic opportunity to spend a semester with universities in Nova Scotia, Canada or Ireland.

BEATHA LIFE AIG • AT SABHAL MÒR OSTAIG



Mas e cofhurtachd àrainn na Colaiste, craic nan cèilidhean no farsaingeachd a' blàir a-muigh a tha fa-near dhut, gheibh thu sin aig SMO.


Tha àrainneachd na Colaiste beag agus càirdeil, is curidh tu èolas air a h-uile duine sa bhad. Tha an-còmhnaidh rudeigin a' dol air adhart agus tha coimhleasachd bheothail na Colaiste a' tabhann mòran chothroman airson gàire, brosnachadh agus càirdeas.

Tha beatha san Eilean Sgitheanach eadar-dhealaichte bho bheatha anns a' bhaile mhòr. Tha e a' tabhann cothrom sònraichte ann an àite eireachdail le àrainneachd għlan, bħrèagħa – àite-furir gun samhail gun teagħam.

Tha ainnis is cliù aig an Eilean Sgitheanach airson biadh math, fiadh-bheatha mhiorbhaileach agus chur-seachadan a-muigh, agus an Cuitħeann cha mhòr air ar starsaich fhein.

Ma tha thu ag iarraidh a dhol a-mach air an oidhche gu taigh-seinnse, cuirm, biadh no airson cuairt shiħeil, tha gu leor ann dhut fhein is dha do charaidean faisg air lāimh.

Tha céol air leth cudromach aig SMO agus, a bharrachd air na cèlidhean gu madainn a thèid cumail san Talla Mhòr, bidh seiseanan-ciùil a' dol anns na taighean-ċċista is taighean-seinnse faisg air a' Cholaiste, is tha thu làn di-beathte pàirt a għabail annta.





Whether you crave cosy campus living, foot stomping ceilidhs or a jaunt in the great outdoors, SMO will not disappoint.

The campus is small and friendly, so getting to know everyone is easy. There's always something going on and the College boasts a vibrant and diverse community with plenty to keep you entertained, inspired and busy. Life in Skye is different from life in an urban setting. It offers a distinctive cultural experience, a stunning location and a great environment – a truly unique place to live.

Skye has a reputation for great food and drink, stunning wildlife and a wide range of outdoor pursuits, with the Cuillin mountain range practically on our doorstep.

Whether you're into going to the pub, a gig, for food or a chilled-out wander, there's plenty to enjoy nearby with friends.

Music is a major part of life at SMO and out with the epic ceilidhs that take place on campus in the Talla Mhòr, there are regular music sessions in the nearby hotels and pubs, where you're more than welcome to go along and join in.

You can get involved in some of the student groups and activities based on campus or through UHI, such as Comann nan Oileanach or HISA.



KATLIN

Faodaidh tu a dhol an sàs ann am buidhnean oileanach aig a' Cholaiste agus tro OGE, leithid Comann nan Oileanach no HIS.

Tha taghadh math spòrs air an àrainn agus faisg air a' Cholaiste, mar eisimpleir, ball-coise, badmanton, iòga, clasaichean eacarsaich, caràtaidh, iomain, coiseachd/sreap nam beann, snàmh, rothaireachd, boghadaireachd agus an gym.

Tha sgrùdadh is rannsachadh aig teis-meadhan ionnsachadh nan oileanach. Gheibh oilleanach an t-Sabhail a-steach don leabharlann aig Ionad Chlann Dòmhnaill, is tasglann mìorbaileach aca de phàipearan is uidheam eachdraidheil co-cheangailte ri eachdraidh na sgìre. Agus gheibh thu còmhradh is fiosrachadh math aig a' chomann eachdraidh ionadail, Comann Eachdraidh Shlèite.

Tha a' bhuidheann ealain, SEALL, a' cumail thachartasan anns a' choimhairsnachd leithid chuirmean-ciùil, dhealbhan-cluiche agus thaisbeanaidhean dannsa le measgachadh farsaing eadar ceòl Afraganach is comadaidh Gàidhlig.


Tha grunn bhuidhnean is ghnìomhachasan an seo aig SMO, eadar càram-chloinne is filmeadh, deasachadh is leasachadh a bheir eòlas, comhairle no fiù 's obair dhut tron teirm. Leis an eòlas sin a gheibh tha an seo, bidh thu uidheamaichte airson saoghal na h-obrach.

Sports on campus and nearby include football, badminton, yoga, exercise classes, karate, shinty, hillwalking/climbing, swimming, cycling, archery and gym.

Local arts group SEALL, organises concerts, drama and dance events in the community, where you can see everything from African tribal music to Gaelic comedy.

Studying and research are a key part of the learning process. To help students, you can access the museum and archive at Armadale Castle, which houses an incredible collection of papers and artefacts related to Sleat's past. The local history society, Comunn Eachdraidh Shlèite, is another good place for information and conversation.

With all of the different groups and businesses here at SMO, ranging from childcare to filming, design to development, you can get experience, advice or even a term-time job. With such experience, you will be well-equipped for the world of work.




ELSPBETH



BAIHOISE
DI ANTAN
URSAICH
AICHEAN
IOMAIN
SREAP NAM BEANN
SREAP
SNAMH
ROTHAIR REACHD
BOGHADAIREACHD
IONAD SPORS,
CUIRMEAN CIÙIN








DÈ THA DOL?

WHAT'S ON



EACHDRAIDHEIL | HISTORICAL

1. Flora Macdonald Museum – Dùn Thuilm
2. Dunvegan Castle – Dùn Bheagan
3. Cleared Villages – Hallaig – Ratharsaigh
4. Eilean Donan Castle – An Dòrnáigh
5. Knock Castle – Tòrabhaig
6. Dun Sgàthach – Tarsgabhaig
7. Giant MacAskill Museum – Dùn Bheagan

FÈISEAN | FESTIVALS

1. Blas – SMO
2. Fèis na Mara – Malaig
3. Skye Swing and Jazz Festival – SMO
4. Skye Live – Port Righ
5. Skye Book Festival – Port Rìgh
6. Fèis an Eilein – SMO
7. Highland Games – Port Righ

SPÒRS | SPORTS

1. A.C.E Target Sports & Paint Balling – Port Righ
2. West Coast Paintball – Port Righ
3. Golf – Sgontsar
4. An Cultheann – An Cultheann
5. South Skye Sea Kayak – Slèite
6. Isle of Skye Yachts – Àird a' Bhàsair
7. Horse-riding – Port Righ
8. Whitewave Activities – Cille Mhoire
9. Nanyuki Bike Adventures – An Druim Buidhe
10. Iomain – Ceann Loch Seile
11. Ionad Spòrs Ratharsaigh
12. Amar-snàimh – Caol Loch Aillse
13. Isle of Skye Half Marathon – Port Righ

BIADH IS DEOCH | FOOD & DRINK

1. Cafe 1925 – Àird a' Bhàsair
2. An Crùbh – Duisdeil Beag
3. The Shed – Cidhe Armadal
4. Deli Gasta – An t-Àth Leathann
5. Café Sia - An t-Àth Leathann
6. The Granary – Port Righ
7. Eilean larain Hotel & Praban Bar – Eilean larain
8. Restaurant & King Haakon Bar - Caol Acain
9. The Inn at Àird a' Bhàsair – Àird a' Bhàsair
10. Scorrybreac Restaurant – Port Righ
11. Red Sky Restaurant – Breacais
12. The Waterfront Fish & Chip Shop & Takeaway – An t-Àth Leathann
13. Taste of India – Caol Acain
14. Kyle Chinese Takeaway – Caol Loch Aillse
15. The Old Forge – Inbhir Aoidh
16. Talisker – Càrrabost
17. Isle of Skye Brewery – Ùige
18. Gasta @ Armadale – Armadal

COISEACHD/SNÀMH/STREAP | OUTDOORS

1. Cullin Ridge – An Cultheann
2. Old Man of Storr – Port Righ
3. Bealach na Bà – Faisg air a' Chomraich
4. Fairy Pools – Gleann Bhreatail
5. Fairy Glen – Ùige
6. 'Dark Skye' Coille Cheann Loch
7. Point of Sleat – Slèite
8. Coral Beach – Faisg air Dùn Bheagain
9. Neist Point – Faisg air Gleann Dail


TURSAN BÀTA | BOAT TRIPS

1. The Original Glenelg-Skye Ferry – Gleann Eilg/Caol Reatha
2. Ròin & leumadairean-mara/Misty Isle Boat Trips/ Ealagh
3. Seafari – Armadal

OBAN LIVE



SKYE ADVENTURES





TIREE MUSIC FESTIVAL



HEBCELT

ICE FACTOR – CEANN LOCH LÌOBHANN



UCI MOUNTAIN BIKE WORLD CUP
AN GEARASTAN | FORT WILLIAM



A.C.E TARGET SPORTS & PAINT BALLING
PORT RIGH



Faodaidh oilleanach fuireach air no far àrainn na Colaiste. Nam b' fheàrr leat na h-àiteachan-fuirich againn, tha seòmraichean cofhurtail, ùr-nodha againn anns a bheil seòmar-ionnlaid, ann an togalaichean anns an dà àrainn, Àrainn Ostaig (AO) agus Àrainn Chaluim Chille (ACC). Tha an dà àrainn ceangailte le ceum-coise goirid eatarra air a bheil solais-sràide. Faodaidh oilleanach buaidh a thoirt air na seirbheisean aoigheachd air comataidh riochdachaidh a bhios a' coinneachadh gu cunbalach tron bhliadhna.

Tha 84 seòmraichean againn, a dhà dhiubh a tha freagarrach do dhaoine aig a bheil cathair-chuibhle, agus tha na leanas annta uile:

- goireasan ionnlaid
- seirbheis wi-fi an-asgaidh
- seirbheis ghlanaidh chunbalach.

Tha seòmar-suidhe oilleanach anns gach togalach anns a bheil goireasan airson greimean-bidhe a dhèanamh, agus tha ionadan nigheadaireachd aig AO agus ACC.

Tha bracaist, lòn is dinnear an lùib a' phasgain àite-fuirich agus tha a' Cholaiste ro dheònach déiligeadh le daoine aig a bheil feumalachdan bidhe sònraichte.

Tha àite-fuirich dearbhte aig a h-uile oilleanach lòn-ùine air a' chiad is a' cheathramh bliadhna agus tha na seòmraichean eile gan roinn a rèir phriomhachasan. Tha Sabhal Mòr Ostaig a-nis a' tabhainn goireasan fèin-còcaireachd do dh'oileanach. Tha àiteachean ann airson 17 oilleanach agus tha an dàrna bliadhna agus air adhart a' faighinn a' chiad cothrom air seo. Chithear cosgaisean is fiosrachadh eile air làrach-lìn na Colaiste

www.smo.uhi.ac.uk

ÀITEACHAN-FUIRICH





ACCOMMODATION

Students can choose whether to live on or off-campus. If you prefer to use our student accommodation, we offer modern and comfortable en-suite rooms, in a range of buildings spread over two campuses, Àrainn Ostaig (AO) and Àrainn Chaluim Chille (ACC). The two campuses are a short walk apart, linked by a well-lit path. Students can influence the services that the hospitality department provides through a representative committee which meets regularly through the year.

We have 84 rooms available, 2 of which are wheelchair accessible, and all have:

- en-suite facilities
- free wi-fi access
- regular servicing.

Each of the accommodation areas has a common room with facilities to make snacks, and there are laundry facilities which are free of charge at AO and ACC. Full-board catering is included in the accommodation package and the College is very happy to cater for those with special dietary needs. All first and fourth year full-time students are guaranteed a place in accommodation and the remainder of rooms are allocated on a priority basis. Self catering accommodation is now available at Sabhal Mòr Ostaig. There are 17 places available and these places are offered to students on second year and up in the first instance. For costs and other information, see the College website www.smo.uhi.ac.uk

BÙTH AN T-SABHAIL

Tha bùth na Colaiste ann an ACC a tha a' reic leabhairchean cùrsa agus goireasan feumail eile. Tha CDan, leabhairchean, aodach agus tiodhlacan ann cuideachd cho math ri goireasan nighe, greimean-bidhe agus stampaichean. Gheibhear cupa tì neo cofaidh ann cuideachd is greimean bidhe ri an toirt air falbh.

AN TALLA MÒR/AN TALLA BEAG

'S ann anns an Talla Mòr aig Àrainn Ostaig a chaidh a' Cholaiste a stèidheachadh ann an 1973 agus is iomadh cèilidh, seisean ciùil is tachartas eile a bha ann bhon uair sin. Tha bàr ann a tha fosgailte tron t-seachdain. Bidh Comann nan Oileanach a' cleachdadhan Talla Bhig mar àite sóisealta agus club oileanach.

SEÒMAR-BIDHE

Bidh oileanaich is luchd-obrach a' gabhail am bidhe còmhla ann an seòmar-bidhe na Colaiste agus gheibh thu cothrom air eòlas a chur air a h-uile duine. Tha bracaist, lòn is dìnnean an lùib seirbhais nan oileanach làn-ùine agus bithear a' déileagadh ri feumalachdan sònraichte bidhe.

CAFÉ

A thuilleadh air an t-seòmar-bidhe, faodaidh oileanaich, luchd-obrach is muinntir na coimhairsnachd greim-bidhe a ghabhail ann an café na Colaiste. Tha na cofaidhean latté as feàrr san eilean ri fhaighinn cho math ri bèicearachd agus clàr-bidhe lòin. Tha e cuideachd na àite cruinneachaidh far am bi buidhnean sóisealta, do dh'oileanaich is don choimhairsnachd, a' coinneachadh, leithid a' bhuidheann chòmhraids, Abair Thusa!

BUS NA COLAISTE

Tha bus aig a' Cholaiste a dh'fhaodas oileanaich air cùrsaichean làn-ùine is cùrsaichean goirid a chleachdadhan airson tursan clas fad na bliadhna.

GYM

Tha gym beag aig na h-oileanaich air an làraich. Faodaidh oileanaich làn-ùine is pàirt-ùine, luchd-obrach agus muinntir na coimhairsnachd a chleachdadadh. Tha uidheam gym ann agus tha cùis shònraichte nas lugh a ann do dh'oileanaich.

GOIREASAN EILE



KENNY

OTHER FACILITIES



SMO SHOP

The shop is situated in ACC, beside reception. It sells course books and other materials that will be necessary for your studies. In addition, it stocks CDs, books, clothing and gifts as well as toiletries, snacks and stamps. The shop also sells takeaway teas and coffees and there are a variety of snacks available also.

AN TALLA MÒR/AN TALLA BEAG

An Talla Mòr at Àrainn Ostaig is where the College was founded in 1973 and is the iconic venue for many ceilidhs, music sessions and other events. It has a bar which is open at various times through the week. Comann nan Oileanach has use of An Talla Beag, which serves as a social area and student club.

REFECTORY

Students and staff come together in the College refectory so you will have a chance to get to know everyone. Full-board catering is included in the full-time student accommodation package and dietary requirements are catered for.

CAFÉ

In addition to the refectory, there's a College café which is open to students, staff and the general public. It serves some of the best lattes on Skye as well as great home-baking and a lunch-time menu. A popular social hub, it's also a venue for various social groups, both student and community-based, such as the conversation class Abair Thusa!

SMO BUS

The College owns a minibus which is available for the use of full-time and short course students for class trips throughout the year.

GYM

The students own and operate a small gym on campus. This is open to full and part-time students, members of staff, and the community. It has a range of the usual gym equipment and membership for students is at a special rate.



COTHROMAN IONNSACHAIDH

PRÒGRAMAN IOMLAID

Bidh cothrom agad semeastar a chur seachad ann an Alba Nuadh, Canada, no ann an Éirinn sa bhliadhna urraim. Tha Prògram lomlaid na Colaiste le Oilthigh Cheap Bhreatann, Oilthigh Naomh Francis Xavier, Oilthigh Nàiseanta na h-Eireann (Má Nuad), Oilthigh Luimneach agus Oilthigh Colaiste Bhaile Átha Cliath a' toirt dhut cothrom anabarrach math barrachd ionnsachadh mu dhaoine, dualchas agus eachdraidh nan dùthchannan seo.

LEARNING OPPORTUNITIES

EXCHANGE PROGRAMMES

In the honours year of study you may wish to spend a semester in Nova Scotia, Canada or Ireland. The College's International Exchange Programme with the University of Cape Breton, St Francis Xavier University, the National University of Ireland (Maynooth), University of Limerick and University College Dublin presents a fantastic opportunity to discover more about the people, traditions and history of these areas.

GREIS GHNIOMHACHAIS

Anns a' chìad bhliadhna, bidh a' mhòr-chuid a' cur trì seachdainean seachad air Sgeama Greis Ghniomhachais na Colaiste, ag obair le buidheann Gàidhlig agus a' togail sgilean is eòlais ann an suidheachadh far a bheil Gàidhlig ga bruidhinn gach latha. Faodaidh tu seo a chur seachad ann am bun-sgoil Ghàidhlig, ag obair sna meadhanan Gàidhlig no le buidheann leasachaidh no buidheann ealain Ghàidhlig. Bidh cothrom agad cuideachd a bhith a' fuireach ann an coimhearsnachd Ghàidhlig agus eòlas a chur air muinntir na sgìre.

NA MEADHANAN GÀIDHLIG

Tha Sabhal Mòr Ostaig a' taigsinn diofar chùrsaichean anns na meadhanan Gàidhlig a tha air a bhith air leth soirbheachail fad còrr is 20 bliadhna. Tha cruth nan cùrsaichean seo agus an trèanadh a tha ri fhaghinn air cothrom a thoirt do dhaoine a dhol an sàs ann an iomadach dreuchd eadar-dhealaichte anns na meadhanan agus tha 75% de dhaoine a rinn na cùrsaichean fhathast a' déanamh am beòshlaint anns a' ghniomhachas. Thathar a' tabhann BA (le Urram) Gàidhlig agus na Meadhanan agus Dioplòma anns na Meadhanan Gàidhlig.

WORK EXPERIENCE

As a first-year student at SMO, most students will spend 3 weeks with an organisation of their choice on the College's Work Placement Scheme, using Gaelic in practical everyday situations and ultimately adding to their skills and experience. You can choose to spend time helping in a Gaelic-medium primary school, working in the Gaelic media or with one of the Gaelic development or arts organisations. You also have the opportunity to live in a Gaelic community and get to know the local people.

GAELOC MEDIA

Sabhal Mòr Ostaig has been successfully providing various courses in Gaelic media for over 20 years. The structure of the courses and the practical training provided at the College has allowed students to enter a wide range of professions in the Gaelic media with 75% of graduates currently employed in the industry. Students can undertake the BA (Hons) Gaelic and Media Studies or the Diploma in Gaelic Media.






CÙRSAICHEAN GOIRID

SHORT COURSES





Tha Cùrsaichean Goirid na Colaiste a' fàs gach bliadhna agus cha mhòr mìle neach eadar sean is òg às iomadh ceàrnaidh den t-saoghal a' tighinn thugainn a dh'ionnsachadh na Gàidhlig is mu chultar nan Gàidheal, cho math ri òrain, fidhlearachd, am bogsa-ciùil, dealbhadaireachd, cùrsaichean coimhairsnachd agus iomadh seòrsachuspair sònraichte eile, 's iad uile gan teagast le sàr luchd-oide.

'S e fior dheagh chothrom ionnsachaidh a th' anns na cùrsaichean 5 latha air làrach na Colaiste le cothrom ann cànan agus cultar na Gàidhlig ionnsachadh, coinneachadh ri daoine ùra agus tlachd fhaighinn à seisean ciùil no dhà ann an àrainneachd Ghàidhlig agus aig cridhe coimhairsnachd far a bheil càirdeas blàth am pailteas.

Bidh sinn a' cur thachartasan air dòigh cuideachd gach feasgar an lùib nan cùrsaichean agus bidh cèilidhean is consairtean, seiseanan ciùil, cearcall còmhraidi agus bùithtean-obrach ann tron t-seachdain. Bheir sin cothrom do na h-oileanaich coinneachadh ri oileanaich eile air na diofar

chùrsaichean agus coinneachadh ri muinntir na coimhairsnachd a bheir seachad beagan de dh'eachdraidh agus sgeulachdan mun sgìre. Thig oileanaich nan Cùrsaichean Goirid à iomadh àite air feadh an t-saoghail, leithid Canada, Ameireaga, an t-Seapan, an Eadailt, Estòinia, an Eilbheis agus a' Ghearmailt. Bidh beairteas ceòl, bàrdachd is òrain na Gàidhlig a' tarraing dhaoine bho air feadh an t-saoghail don chànan. Tha an uidh a thathar a' nochdadh sna cùrsaichean a' sior-dhol am meud a h-uile bliadhna.

Bidh sinn a' taigtsinn chùrsaichean sa chola-deug aig àm na Càisge agus fad mìosan an t-samhraidh. Bidh a' Cholaiste a' ruith chùrsaichean oidhche agus chùrsaichean deireadh-seachdain cuideachd an dà chuid air làrach an t-Sabhal Mòr agus ann an coimhairsnachdan air feadh Alba agus thèid againn air cùrsaichean sònraichte a dhealbh do bhuidhnean a rèir an cuid fheumalachdan aig àm den bhliadhna a tha freagarrach dhaibh.



The range of short courses delivered by the College continues to expand every year and is growing in popularity with nearly a thousand people of all ages and backgrounds coming to us for instruction in Gaelic language & culture, Gaelic song, fiddle, accordion, photography, community based courses and a range of other specialist subjects offered by a talented team of instructors. Our 5-day on campus courses are a great way to learn more about the Gaelic language and culture, meet new people and enjoy a good music session or two in a Gaelic environment at the heart of a warm and friendly community.

We also offer evening activities which are an essential part of the short course experience, and include ceilidhs and concerts, music sessions, conversation circles and workshops. This encouraging atmosphere brings students together to engage with each other and with locals who may impart some of their stories and knowledge of the area.

The courses led by SMO attract students from all over the world including Canada, the USA, Switzerland, Italy, Germany, Estonia and Japan. The Gaelic culture is rich in tradition, song and music which attract others to the language, and the global interest in Gaelic continues to grow each year.

We offer short courses for two weeks over Easter and several weeks throughout the summer months. The College also runs evening & weekend courses both on campus and in different communities across Scotland and we can also arrange tailor-made courses or specialist training for groups throughout the year.

Airson an tuilleadh fiosrachaidh thoiribh sùil air làrach-lin na Colaiste, cuiribh fòn, air neo cuiribh post-dealain.

Tha cursaichean a bharrachd air an làrach-lin againn.

For more information please see the College website, contact us via phone or email.

A full list of courses is available on our website.




CG.SMO@UHI.AC.UK



01471 888240/246

**GORT
SHORT COURSES**





STIÙIRICHE AN FHOGHLAIM

Bheir sinne aig Sabhal Mòr Ostaig an taic agus an cothrom as fheàrr dhut a bhith ag ionnsachadh gu sàr ire ann an àrainneachd Ghàidhlig shònraichte. Bheir na cùrsaichean càinain bunaiteach againn misneachd agus spionnadh dhut airson a dhol air adhart, ma thogras tu, gu cùrsa aig ire oiligh tro mheadhan na Gàidhlig.

Tha sinn a' tabhann raon de chùrsaichean a bheir dhut sùbailteachd a thaobh dhòighean agus chuspairean ionnsachaiddh. Tha sinn an dòchas gum brosnach an ro-shealladh seo thu a thighinn nar measg agus gum faigh thu fiosrachadh air na cùrsaichean a tha rim faotainn gus an cùrsa as fhreagarraiche dhut fhèin a thaghadh.

Tha sinn a' tuigsinn gum bi grunn oilleanach a' tighinn gu Sabhal Mòr Ostaig agus an dùil ri obair

fhaighinn ann an gnìomhachasan a chuireas ri ath-bheothachadh na Gàidhlig. Tha daoine a tha air ceumnachadh bhon t-Sabhal ann an obraichean cudromach ann an raointean leithid foghlaim, nam meadhanan, nan ealainean agus rianachd phoblach. Tha iad air buannachd mhòr fhaighinn à goireasan foghlaim air leth, inbhe acadaimigeach eadar-nàiseanta agus ceanglaichean làidir le buidhnean Gàidhlig.

Thar gach nì eile, tha na h-oileanaich againn air sàr theagasg fhaighinn ann an àrainneachd ionnsachaiddh dhluòh is theò-chridheach, le luchd-obrach air leth comasach agus oilleanach dhealasach.

Tha fadachd oirnn ri bhith gad fhàilteachadh mar oilleanach sa choimhairsachd againn.

AN DR. MARSAILI NICLEÒID



DR. MARSAILI MACLEOD

WELCOME FROM THE

DIRECTOR OF STUDIES

At Sabhal Mòr Ostaig we support you to develop your potential in a unique Gaelic learning environment. Our foundation language courses will give you the confidence and the passion to continue to study through the medium of Gaelic to degree level or beyond, should you choose to.

Our courses offer you flexibility and choice in both how you study and in what you study. We hope this prospectus inspires you to join us and gives you the information you need to choose the best course for you.

We understand that many who come to study here want to be equipped to work in sectors which support Gaelic's revitalisation. Our graduates play leading roles in the media, in education, in government and in the arts. They have benefited from our outstanding facilities, international academic standing and excellent industry connections.


Above all, they have benefited from an intimate, first-class teaching experience with highly committed staff and students.

We look forward to welcoming you to our Gaelic community.




[ADHARTAS TRO NA CÙRSAICHEAN]

COURSE PROGRESSION




¹ Tha na ceumannan rannsachaidh aig ire SCQF 12



DISTANCE LEARNING

The image is a composite of several elements. In the foreground, a woman with glasses and a man in a suit stand on a textured, light-colored surface. The word "AIR" is written in large, dark letters across this surface. Behind them is a large, stylized globe showing continents in blue and green. Three pink dashed lines connect the globe to three small icons of telephone receivers inside white clouds. In the background, there are black and white line-drawn mountains. The overall composition suggests themes of global communication and education.

AIR



AN CÙRSA INNTRIGIDH

CÒD: SMACI



FEARTAN SÒNRAICHE

Tha an Cùrsa Inntrigidh air a theagastg pàirt-ùine tro fhoghlam air astar. Tha an cùrsa air a roinn ann an trì earrannan agus 12 aonad, agus air a libhrigeadh aonad às dèidh aonaid, le gach fear mar ro-fheumalachd airson an ath fhear. Tha sgilean càinair an togail gu mionaideach agus mean air mhean, a' toirt oileanach gu ìre fileantachd a leigeas leotha com-pàirteachas a ghabhail ann an cùrsaichean Gàidhlig aig ìre oilthigh.

SUSBAINT

ìre SCQF 4 - 6

Aonadan 1-12 (uile riatanach) thairis air 10 mìosan (bann luath) no bliadhna gu leth (bann coitcheann).

MÌNEACHADH

Tha An Cùrsa Inntrigidh air a dealbh airson luchd-ionnsachaidh a tha aig an fhòr thoiseach, no aig a bheil beagan Gàidhlig mar-thà. Tha a' mhòr-chuid den fhoghlam tro fhèin-ionnsachadh air a roinn ann an trì earrannan agus tha diofar cheann-là töiseachaidh ann edar an Lùnastal agus am Màrt gach bliadhna. Tha stuthan ionnsachaidh air-loidhne agus iad air an cleachdadhl làmh ri clasaichean-fòn gach seachdain a tha a' toirt cothrom do dh'oileanaich an cuiid Gàidhlig a cleachdadhl le oileanaich eile agus neach-oide. Bidh oileanaich ag ionnsachadh nan ùine fhèin ro na clasaichean fòn, a tha mar phàirt riatanach den chùrsa agus a tha air an stiùireadh le luchd-oide a tha fior eòlach. Tha gach clas fòn a' maireachdann mu 45 mionaidean. Air dhaibh crìoch a chur air a' chùrsa agus air pàirt slàn a ghabhail ann, bu choir do dh'oileanaich a bhith reusanta misneachail ann a bhith a' cleachdadhl an cuiid Gàidhlig agus bidh iad airidh air inntrigeadh don chìad bhliadhna de chùrsaichean ìre oilthigh aig Sabhal Mòr Ostaig OGE.

COTHROMAN OBRACH

Ionnsaichidh tu sgilean airson na cothroman obrach agad a leasachadh anns na roinnean a leanas:

- Foghlam acadaimigeach aig ìre nas àirde agus meudachadh sgilean càinair
- Leasachadh na Gàidhlig/mhion-chànanan
- Leasachadh coimhearsnachd
- Trèanadh mar thidsear agus leasachadh proifeiseanta leantainneach



"Bha luchd-oide a' chùrsa uabhasach taiceil agus brosnachail leis na goireasan uile air-loidhne agus mar sin bha cothrom agam obair orra nuair a bha e freagarrach dhomh fhèin, às dèidh na h-obrach agam aig deireadh na seachdaine."

Inge Birnie



AN CÚRSA INNTRIGIDH

CODE: SMACI



SPECIAL FEATURES

An Cúrsa Inntrigidh is Sabhal Mòr Ostaig's Gaelic Access Course. It is taught part-time by supported distance delivery. A distinctive feature of the course is the sequential delivery of units so that only one unit is studied at any one time, and each unit is a pre-requisite for the one which follows. The course is delivered in 3 parts and 12 Units. Language skills are built gradually and systematically, taking students to a level of fluency which will allow them to progress to first year University level Gaelic courses.

COURSE CONTENT

SCQF Level 4 - 6

Units 1-12 (all core) over 10 months (accelerated track), or a year and a half (standard track).


DESCRIPTION

An Cúrsa Inntrigidh has been designed for complete beginners and learners with a little Gaelic. It is a self-study tutor-supported Gaelic course made up of three parts – Earrann 1, 2 and 3. There are a number of start dates between August and March each year. Course materials are accessed online and most of the learning is through self-study. Weekly telephone tutorials allow contact with other course students and a tutor, and allow students to practice what they have been learning. Students learn in their own time in advance of the telephone tutorials, which are an essential part of the course and are led by experienced tutors. Each tutorial lasts about 45 minutes. On completion of the course, and having participated fully in its learning programme, students should be able to use Gaelic reasonably confidently and will be eligible for entry to the first year University level Gaelic courses taught through Sabhal Mòr Ostaig UHI.

EMPLOYMENT PROSPECTS

Students will develop skills which will enhance employment prospects in the following:

- Further academic study and language enhancement
- Gaelic/minority language development
- Community development
- Teacher training and continuing professional development







MINEACHADH AN SGEAMA

Tha na fo-cheuman agus for-cheuman Gàidhlig aig OGE air an eagrachadh uile taobh a-staigh Sgeama na Gàidhlig agus Chuspairean Co-cheangailte (SGCC), a' gabhail a-steach nan cursaichean/prògraman agus teisteanasan a leanas:

*Ire SCQF	Tiotalan phrògraman agus teisteanasan fa-leth	Modh ionnsachaidh	Còd	[duilleag]
7	Cert HE An Cùrsa Adhartais		Q501	38
7	Cert HE An Cùrsa Comais		Q532	40
7	Cert HE Gàidhlig agus Conaltradh		QP59	42
8	Dip HE Gàidhlig is Cuspairean Co-cheangailte		Q506	-
9 & 10	BA/BA (Urram) Cànan agus Cultar na Gàidhlig		Q530	46
9 & 10	BA/BA (Urram) Gàidhlig agus Leasachadh		Q505	48
9 & 10	BA/BA (Urram) Gàidhlig agus Ceòl Traidiseanta		QW53	50
9 & 10	BA (Urram) Gàidhlig agus Foghlam		XQ10	54
8 & 9	LDL ann an Leasachadh Cànan is Coimhearsnachd		G/B	57
11	MSc Cultar Dùthchasach agus Eachdraidh na Gàidhealtachd		93Q7	60
11	PDA Eòlas Eadar-theangachaidh Gàidhlig		U91Q9	62

*SCQF – Scottish Credit and Qualifications Framework



CRUTH AGUS STRUCTAR

Tha an Sgeama a' leantainn cruth OGE le 6 modalan aig gach ire foghlaim. Tha modal gu h-àbhaisteach air a mheas mar 200 uair a thìde do dh'ionnsachadh agus luach creideis 20 puing SCQF.

Aig ire fo-cheum, tha an SGCC air a dhèanamh an àirde le irean is cursaichean fa-leth, uile a' cleachdadh modalan riatanach an Sgeama is mhodalan sònraichte a' buntainn ri gach prògram ceuma.

'S e bliadhna cànan a gheibhear aig lìre SCQF 7, agus bithear a' dèanamh A' Chùrsa Chomais no Gàidhlig agus Conaltradh a reîr do chomasan sa chànan, aig toiseach a' chùrsa. 'S e cùrsa air astar aig an aon ire chànan ris A' Chùrsa Chomais a th' anns A' Chùrsa Adhartais. An dèidh lìre 7, bidh sgilean Gàidhlig freagarrach agad airson làn phàirt a ghabhail ann an cùrsa ire oilthigh, tro mheadhan na Gàidhlig.

Aig lìre SCQF 8, bidh thu a' dèanamh modalan riatanach an Sgeama, a thuilleadh air cuspairean eile ceangailte ris a' Ghàidhlig. Aig an ire seo, faodaidh tu modalan ceuma sònraichte a thaghadh ann an Cànan is Cultar na Gàidhlig, Gàidhlig agus Leasachadh, Gàidhlig agus Na Meadhanaidh, Gàidhlig agus Foghlam agus Gàidhlig agus Ceòl Traidiseanta mar ullachadh airson foghlam aig irean SCQF 9 is 10. [Faic prògraman BA/BA Urram fa leth]

A thuilleadh air cothrom a dhol air adhart chun na h-ath ire, faodar fàgail le Dioplòma ann an Gàidhlig is Cuspairean Co-cheangailte agus tha an ire seo air a libhrigeadh aghaidh-ri-aghaidh no air astar.

FEUMALACHDAN INNTRIGIDH AN SGEAMA

Airson faighinn a-steach gu na trì cursaichean Cert HE agus na ceumannan BA/BA (le Urram), thoir suil air an fhiosrachadh airson nan cursaichean/nam prògraman fa leth:

FEARTAN SÒNRAICHTHE

Tha SGCC a' toirt cothrom dhut fileantachd sa Ghàidhlig a ruighinn aig deireadh lìre SCQF 7 le tuilleadh chothroman airson do sgilean cànan a thoirt am feabhas an dèidh sin, a' toirt barrachd misneachd is chomasan dhut a bhith a' cleachdadh diofar nòsan cànan is pàirt a ghabhail ann an deasbadan beachdail is feallsanachail.

Gheibhhear diofar chuspairean cùrsa cuideachd le sùbailteachd a thaobh dhòighean libhrigidh is adhartais, le cothrom a dhol air adhart gu cosnadh sa Ghàidhlig no cùrsa foghlaim aig ire nas àirde.



GAEILIC AND RELATED STUDIES SCHEME

SCHEME OVERVIEW

The UHI Gaelic undergraduate and post-graduate provision is organised within a Gaelic and Related Studies Scheme (GRSS) and it includes the following courses/programmes and exit awards:

*SCQF Level	Programme Titles and Exit Qualifications	Mode of Study	Code	[page]
7	Cert HE An Cùrsa Adhartais		Q501	39
7	Cert HE An Cùrsa Comais		Q532	41
7	Cert HE Gaelic and Communication		QP59	43
8	Dip HE Gaelic and Related Studies		Q506	-
9 & 10	BA/BA (Hons) Gaelic Language and Culture		Q530	47
9 & 10	BA/BA (Hons) Gaelic and Development		Q505	49
9 & 10	BA/BA (Hons) Gaelic and Traditional Music		QW53	50
9 & 10	BA (Hons) Gaelic and Education		XQ10	55
8 & 9	CPD in Language and Community Development		N/A	58
11	MSc Material Culture and Gàidhealtachd History		93Q7	61
11	PDA Gaelic Translation		U91Q9	63

*SCQF – Scottish Credit and Qualifications Framework



Face to face



Distance



Full time



Part time

DESIGN AND STRUCTURE

The basic design of the Scheme reflects the UHI model of 6 modules at each level of study, with a standard module involving 200 hours of student learning and earning 20 SCQF credit points.

At undergraduate level, the GRSS comprises individual levels/courses, each based on Scheme core modules and specific modules relating to the degree specialisms.

Level SCQF 7 of the Scheme is primarily a language foundation year and depending on your linguistic ability on entry, you can study either An Cùrsa Comais or Gaelic and Communication. An Cùrsa Adhartais is a distance learning equivalent of An Cùrsa Comais, offered part-time over two years. The Level 7 is geared to providing students with the skills necessary to continue with university level study through the medium of Gaelic, or to take up Gaelic-related employment.

At Level SCQF 8, you will study the Scheme core modules, together with a broad education in Gaelic-related subjects. You can study modules relating to degree programmes in Gaelic Language and Culture, Gaelic and Development, Gaelic and Media Studies, Gaelic and Education and Gaelic and Traditional Music as preparation for further study at SCQF Levels 9 and 10. [See individual BA/BA (Hons) programmes]

As well as leading to further advanced study, the Diploma in Gaelic and Related Studies, is recognised as an exit

qualification in its own right and is available both face-to-face and through distance learning.

SCHEME ENTRY REQUIREMENTS

For direct entry to the three Cert HE courses and the individual BA/BA (Hons) degrees, see the individual course/programme information.

SPECIAL FEATURES

The GRSS offers you the opportunity to gain fluency in Gaelic by the end of Level SCQF 7, with continuing language enhancement thereafter. This will result in growing confidence and competence in employing different language registers and in engaging in abstract and philosophical debate. The Scheme also offers a wide range of course specialisms, incorporating flexible delivery options and progression opportunities, leading to Gaelic-related employment or advancement to a higher qualification.



FEARTAN SÒNRAICHE

Tha An Cùrsa Adhartais air a theagasc pàirt-ùine tro fhoghlam air astar. Tha an cùrsa air a libhrigeadh modal às dèidh modail, le soirbheachadh ann an aon mhodal ga do thoirt a-steach dhan ath mhodal. Tha sgilean càinain air an togail gu mionaideach agus mean air mhean, a' toirt oileanach gu ìre fileantachd a leigeas leotha modalan cuspaireil a dhèanamh tro mheadhan na Gàidhlig nas fhaide air adhart sa chòrsa agus anns na cùrsachain ceuma.

SUSBAINT

ìre SCQF 7

Modalan riatanach

- An Cùrsa Adhartais 01 - 04 (15 puingean creideis)
- An Cùrsa Adhartais 05 - 06 (20 puing creideis)
- Saoghal na Gàidhlig 1 (20 puing creideis)

MÌNEACHADH

Tha An Cùrsa Adhartais a' leantainn A' Chòrsa Inntrigidh aig Sabhal Mòr Ostaig, a tha a' cleachdad na h-aon dòighean teagaing mhionaideach. Tha e mar shlighe ionnsachaidh air astar co-ionann ris A' Chòrsa Chomais. Tha An Cùrsa Adhartais a' libhrigeadh nam priomh phuingean teagaing gramataigeach bhon chòrsa sin agus a' toirt a-steach fear de na modalan cuspaireil. Tha seachd modalan an lùib A' Chòrsa Adhartais: sia modalan càinain agus modal cuspaireil. Tha luach 15 creideasan ann an ceithir de na modalan càinain agus luach 20 creideas anns na dhà eile. Tha luach 20 creideas anns a' mhodal chuspaireil Saoghal na Gàidhlig 1. Tha soirbheachadh anns na seachd modalan a' cosnadh Teisteanas Foghlam Àrd-ire.

COTHROMAN OBRACH

Ionnsachaidh tu sgilean airson na cothroman obrach agad a leasachadh anns na roinnean a leanas:

- Foghlam acadaimigeach aig ìre nas àirdé agus meudachadh sgilean càinain
- Leasachadh na Gàidhlig/Mhion-chànanan
- Leasachadh coimhlearsnachd
- Foghlam agus Leasachadh Dreuchdail Leantainneach

FEUMALACHDAN INNTRIGIDH

- Crìoch shoirbheachail air A' Chòrsa Inntrigidh (SCQF 4-6); no
- Dà theisteanas Àrd-ire no teisteanas co-ionann agus measadh sgrìobhte agus agallamh airson faighinn a-mach a bheil comas an oileanaich a rèir feumalachdan a' chòrsa.



"Mholainn an cùrsa seo do dhuine sam bith - chòrd na modalan rium gu mòr, bha deagh mheasgachadh de chuspairean ann, an dà chuid co-cheangailte ri eachdraidh is dualchas na Gàidhlig cho math ri cothroman ionnsachadh mu mhion-chànanan san tharsaingeachd agus tionndadh atharrachadh càinain."

*Inge Birnie

CERT HE

AN CÙRSA ADHARTAIS

CODE: Q501



SPECIAL FEATURES

An Cùrsa Adhartais is taught part-time by supported distance delivery. A distinct feature of An Cùrsa Adhartais is the sequential delivery of modules so that only one module is studied at any one time, and each module is a pre-requisite for the one which follows. Language skills are built gradually and systematically, taking students to the necessary level of fluency which will enable them to progress to subject study through the medium of Gaelic later in the degree programmes.

COURSE CONTENT

SCQF Level 7

Core modules

- An Cùrsa Adhartais 01 – 04 (15 credit points)
- An Cùrsa Adhartais 05 - 06 (20 credit points)
- The Gaelic World 1 (20 credit points)

DESCRIPTION

An Cùrsa Adhartais has been designed as a progression from An Cùrsa Inntrigidh, the SMO Gaelic Access course, and adopts the same methodological approach and it forms a distance-learning alternative to An Cùrsa Comais. An Cùrsa Adhartais delivers that course's main grammatical syllabus and includes one of its subject modules. There are seven modules in total contained within An Cùrsa Adhartais: six language modules and one subject module. Four of the language modules are 15 credit points and two are 20 credit points. The subject module, The Gaelic World 1, is also 20 points. Successful completion of all seven modules will lead to a Certificate of Higher Education.

EMPLOYMENT PROSPECTS

You will have developed skills which will enhance your employment prospects in the following areas:

- Further academic study and language enhancement
- Gaelic/minority language development
- Community development
- Education and continuing professional development

ENTRY REQUIREMENTS

- Successful recent completion of An Cùrsa Inntrigidh (SCQF 4-6); or
- Two Highers or equivalent plus completion of a written assessment and oral interview to gauge whether applicant's prior learning is broadly equivalent to the pre-requisite level.

PASS RATES

CÙRSA ADHARTAIS

95%

**FEARTAN SÒNRAICHE**

Bidh an Cùrsa Comais a' leasachadh comasan cànan nan oileanach is a' toirt misneachd dhaibh a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig is iad ann an suidheachadh bogaidh a' faighinn dlùth-theagaisg sa chànan. Air a' chùrsa seo, gheibh thu cothrom a dhol air greis-gníomhachais airson na sgilean cànan agus na sgilean practaigeach is obrach agad a thoirt am feabhas.

SUSBAINT**ìre SCQF 7****Modalan riatainach**

- Comas Conaltraidh A
- Cànan Foirmeil agus Dreuchdail
- Saoghal na Gàidhlig 1
- Comas Conaltraidh B
- Greis Ghníomhachais

Modalan roghainneil

- Cànan sa Choimhearsnachd
- Na Meadhanan Gàidhlig
- Annas-làimhe agus Òrain Ghàidhlig 1
- Coimpiutaireachd airson na Gàidhlig
- Litreachas: Sgilean Sgrùdaidh
- Teòiridh, Cruthachadh & Cothromachadh 1

MÌNEACHADH

'S e cùrsa practaigeach gràmair, air a dhealbh airson luchd-ionnsachaид eadar-mheadhanach a tha ag amas air fileantachd sa Ghàidhlig, a tha anns a' Chùrsa Chomais. Bidh oileanach ag obair còmhla ann an càraidean is ann am buidhnean far am bi aca ri bhith a' cleachdadh agus a' leasachadh an cuid Ghàidhlig.

'S e adhartachadh sgilean labhairt is sgrìobhaidh prìomh amas a' chùrsa, ach thèid cuspairean eile a thoirt a-steach mar a tha an cùrsa a' dol air adhart. Ni oileanaich trì seachdainean de ghreis-dhreuchdail ann an Gàidhlig an lùib a' mhodail Greis Ghníomhachais.

COTHROMAN OBRACH

Ionnsaichidh tu sgilean airson na cothroman obrach agad a leasachadh anns na roinnean a leanas:

- Leasachadh na Gàidhlig agus leasachadh coimhairsnachd
- Roinn nam meadhanan
- A' teagasc Gàidhlig/tro mheadhan na Gàidhlig

UCAS - FEUMALACHDAN INNTRIGIDH

- 3 teisteanasan SQA aig Àrd-ìre aig B, B, agus C no nas fhèarr, a' gabhail a-steach Gàidhlig airson fileantaich no luchd-ionnsachaид aig Àrd-ìre B no nas fhèarr; no
- dh'fhaodadh teisteanasan eile a bhith air am meas freagarrach le Stiùiriche a' Phrògram.

Bidh agallamh agad airson dearbhadh gu bheil na comasan labhairt agad aig an ìre iomchaidh.



"Mholainn an Cùrsa Comais do dhuiine sam bith gun teagamh. Tha deagh mheasgachadh de mhodalan ann agus tha an luchd-teagaisg fior mhath air na cuspairean aca. 'S e àite math a th' ann airson Gàidhlig ionnsachadh agus airson càraidean ùra a dhèanamh cuideachd às gach ceàrn dhen t-saoghal."

Harriet NicGilleBhàin

CERT HE

AN CÙRSA COMAIS

UCAS CODE: Q532



SPECIAL FEATURES

An Cùrsa Comais develops students' language abilities and confidence in using the language through intensive language teaching approaches and by employing immersion techniques. You will also have the opportunity to go on work placement which will greatly help your all-round language skills as well as develop your practical and work skills.

COURSE CONTENT

SCQF Level 7

Core modules

- Communication A
- Formal and Professional Language
- The Gaelic World 1
- Communication B
- Workplace Experience

Optional modules

- Language in the Community
- The Gaelic Media
- Music Performance and Gaelic Song 1
- Computing for Gaelic
- Literature: Critical Skills
- Theory, Arrangement & Composition 1

DESCRIPTION

An Cùrsa Comais is a highly participative and interactive grammar-based course in which tutors use communicative methodologies to draw out speech in group- and pair-work activities. It is designed for intermediate level learners whose aim is fluency in the language. The major focus is therefore on language skills, both speaking and writing, but other subjects will be introduced as the course progresses. Students will undertake three weeks of work-placement on the Workplace Experience module.

EMPLOYMENT PROSPECTS

You will have developed skills which will enhance your employment prospects in the following areas:

- Gaelic development and community development
- Gaelic media sector
- Gaelic/Gaelic-medium teaching

UCAS - ENTRY REQUIREMENTS

- 3 SQA Higher passes at grades B, B and C or above, including Gàidhlig (fluent speakers) or Gaelic (learners) at B or above; or
- other equivalent qualifications subject to the discretion of the Course/Programme Leader.

You will be required to satisfy the College of your ability in Gaelic. All prospective music degree students must also undertake a music audition.

**PASS
RATES**
CÙRSA COMAIS
95%

**FEARTAN SÒNRAICHE**

- Ionnsaich a' Ghàidhlig gu fior àrd ìre ann an àrainneachd tur Ghàidhlig;
- Leugh is bruidhinn mu dheidhinn seachd nobhailean Ghàidhlig;
- Sgriobh sgeulachdan, òrain agus aistean anns a' Ghàidhlig;
- Leugh altan sgoileireil anns a' Ghàidhlig air iomadh cuspair;
- Cuir dà thionnsgnadh leasachaidh Ghàidhlig air dòigh air àrainn na Colaiste;
- Gabh páirt ann an greis-ghniomhachais fad trì seachdainean anns a' Ghàidhlig

SUSBAINT**Ìre SCQF 7****Modalan riatanach**

- Gàidhlig 1
- Cultar nan Gàidheal
- Saoghal na Gàidhlig 1
- Litreachsen: Sgilean Sgrùdaidh
- Greis Gniomhachais

Modalan roghainneil

- Annas-làimhe agus Òrain Ghàidhlig 1
- Tèòiridh, Cruthachadh & Cothromachadh 1
- Na Meadhanan Gàidhlig
- Sgeulachdan is Òrain Ghàidhlig
- Coimpiutaireachd airson na Gàidhlig
- Foillseachadh is Craoladh sa Ghàidhlig

MÌNEACHADH

Tha an cùrsa seo air a dhealbhadh do dh'oileanaich a tha ìre mhath comasach anns a' Ghàidhlig agus a tha ag iarraidh na comasan aca a leasachadh ann an àrainneachd tur Ghàidhlig. 'S e cùrsa bogaidh, dion a tha seo a bhios gad dheisealachadh airson a dhol air adhart dhan dàrna bliadhna dhe na cùrsaichean BA no BA(Urram) aig Sabhal Mòr Ostaig.

Sgrùdaidh tu litreachas, leasachadh na Gàidhlig, sgriobhadh cruthachail (sgeulachdan goird agus òrain), agus labhairt phoblach. Cuideachd, sgrùdaidh tu a' Ghàidhlig fhèin ann an doimhneachd, a' gabhail a-steach fuaimneachadh, gràmar, briathrachas, cleachdadh agus rèimean-cainnte àrda.

Aig deireadh a' chùrsa seo, tuigidh tu, bruidhnidh tu, leugaidh tu, agus sgrìobhaidh tu a' Ghàidhlig le misneachd agus chun na h-ìre gum b' urrainn dhut làn phàirt a ghabhail ann an gach roinn de shaoghal na Gàidhlig anns an latha an-diugh.

COTHROMAN OBRACH

Ionnsaichidh tu sgilean airson na cothroman obrach agad a leasachadh anns na roinnean a leanas:

- Leasachadh na Gàidhlig agus leasachadh coimhlearsnachd
- Roinn nam meadhanan
- A' teagasc Gàidhlig/tro mheadhan na Gàidhlig

UCAS - FEUMALACHDAN**INNTRIGIDH**

- 3 teisteanasan SQA aig Àrd-ìre aig B, B, agus C no nas fheàrr, a' gabhail a-steach Gàidhlig airson fileantaich no luchd-ionnsachaидh aig Àrd-ìre B no nas fheàrr; no
- dh'fhaodadh teisteanasan eile a bhith air am meas freagarrach le Stiùiriche a' Phrògram.

Bidh agallamh agad gus dearbhadh gu bheil na comasan labhairt agad aig an ìre iomchaidh.



"Bha an cùrsa gu math feumail is sinn uile a' faighinn sealladh air dè cho cudromach 's a tha e a bhith ceart ann an sgriobhadh is còmhraadh sa Ghàidhlig"

Ruaraidh MacCarmaig

CERT HE

GAELIC AND COMMUNICATION

UCAS CODE: QP59



SPECIAL FEATURES

- Study Gaelic to an expert level in a lively immersion environment;
- Read and discuss seven modern Gaelic novels;
- Write short stories, songs and expositions in Gaelic;
- Read scholarly articles in Gaelic on a range of subjects;
- Design and implement two Gaelic development projects on campus;
- Participate in a three-week work-experience placement in Gaelic.

COURSE CONTENT

SCQF Level 7

Core modules

- Gaelic 1
- Culture of the Gael
- The Gaelic World 1
- Gaelic Literature: Critical Skills
- Workplace Experience

Optional modules

- Annas-làimhe agus Órain Ghàidhlig 1
- Teòiridh, Cruthachadh & Cothromachadh 1
- Na Meadhanan Gàidhlig
- Sgeulachdan is Órain Ghàidhlig
- Coimpiutaireachd airson na Gàidhlig
- Foillseachadh is Craoladh sa Ghàidhlig

DESCRIPTION

This is a course for proficient Gaelic speakers who wish to study Gaelic to an expert level in a fully Gaelic-speaking environment. This intensive, immersion course prepares students for university-level Gaelic-medium education and for progression to the second year of Sabhal Mòr Ostaig's Gaelic-medium BA and BA(Hons) degrees.

Students will study Gaelic literature, Gaelic development, creative writing (short story and song), and public speaking, as well gain a thorough understanding of the Gaelic language itself, including pronunciation, grammar, vocabulary, idiom and formal registers.

At the end of this course, students will be able to speak, understand, read and write Gaelic with complete confidence, allowing them to fully take part in all aspects of modern Gaelic life in Scotland.

EMPLOYMENT PROSPECTS

You will have developed skills which will enhance your employment prospects in the following areas:

- Gaelic development and community development
- Gaelic media sector
- Gaelic/Gaelic-medium teaching

UCAS - ENTRY REQUIREMENTS

- 3 SQA Higher passes at grades B, B and C or above, including Gàidhlig (fluent speakers) or Gaelic (learners) at B or above; or
- other equivalent qualifications subject to the discretion of the Course/Programme Leader.

You will be required to complete an interview to satisfy the college of your ability in Gaelic.

PASS RATES

GÀIDHLIG IS CONALTRADH

97%

**FEARTAN SÒNRAICHE**

Air a' chùrsa seo, bidh thu a' sgrùdadh Gàidhealtachd an latha an-diugh is an latha an-dè agus a' ruighinn sàr ire comais ann an Gàidhlig. Sa cheathramh bliadhna, bidh cothrom agad siubhal gu oilthigh ann an Canada no an Èireann, a bheir sealladh dhut air farsaingeachd saoghal nan Gàidheal. Bidh na sgilean a thogas tu air a' chùrsa a' toirt fior chothrom dhut air na cothroman obrach a bhios a' nochdadadh sa Ghàidhlig san latha an-diugh.

SUSBAINT**BLIADHNA 1 - SCQF 1re 7**

Airson roghainnean aig 1re SCQF 7, faic An Cùrsa Comais, An Cùrsa Adhartais agus Gàidhlig agus Conaltradh.

BLIADHNA 2 - SCQF 1re 8**Modalan riatanach**

- Gàidhlig 2
- Cànan, Cultar agus Cinnidheachd

Modalan roghainneil

- Beul-aithris
- An Sgeulachd Ghoirid
- Ainm-eòlas na h-Alba
- Bàrdachd bho 1900
- Sgoilearachd is Eilthicreachd nan Gàidheal

BLIADHNA 3 - SCQF 1re 9**Modalan riatanach**

- Gàidhlig 3
- Sgilean Rannsachaidh

Modalan roghainneil

- Dualchas Gàidhlig
- Bàrdachd 1600 - 1900
- Gàidhlig na h-Èireann
- Rosg Gàidhlig
- Sgrìobhadh Cruthachail
- Eachdraidh agus Leasachadh a' Chànan

BLIADHNA 4 - SCQF 1re 10**Modalan riatanach**

- Tràchdas Ceuma

Modalan roghainneil

- An t-Aos Dàna
- Dualchas Gàidhlig san 21st Linn
- Tuigse nan Ceilteach
- Na Dualchainntean Gàidhlig
- Sgilean eadar-theangachaидh

MÌNEACHADH

Tha an ceum ann an Cànan agus Cultar na Gàidhlig a' toirt cothrom dhan oileanach eòlas ceasnachail a chur air litreachas, cainnt agus feallsanachd nan Gàidheal, le coimeasgadh den eachdraidh agus de chuspairean is de chùraman ùr-nodha a bhios a' bualadh air saoghal nan Gàidheal. Tha cothroman ann cuideachd tarraing air cuspairean co-cheangailte anns na ceumannan eile san Sgeama. Tha na h-ealaínean, litreachas sean is ùr, còraichean cànan, beul-aithris agus an dàimh ri cànanan eile (leithid Gàidhlig na h-Èireann) uile air a' chlár-ionnsachaidh.

COTHROMAN OBRACH

- Foghlam
- Rianachd phoblach
- Leasachadh eaonomaigeach agus cultarach
- Ionnsachadh aig 1re for-cheum agus cothroman rannsachaidh

UCAS – FEUMALACHDAN**INNTRIGIDH**

- 3 teisteanasan SQA aig Àrd-1re aig B, B, agus C no nas fheàrr, a' gabhail a-steach Gàidhlig airson fileantaich no luchd-ionnsachaidh aig Àrd-1re B no nas fheàrr; no
- dh'fhaodadh teisteanasan eile a bhith air am meas freagarrach le Stiùrliche a' Phrògraim.

Bidh agallamh agad airson dearbhadh dè an cùrsa a bu fhreagarrache dhut air a' chìad bhliadhna, a rèir nan comasan labhairt agad.

BA/BA (HONS)

GAEIC LANGUAGE AND CULTURE

UCAS CODE: Q530



SPECIAL FEATURES

This degree looks at Gaelic society and its origins, whilst ensuring you achieve a high standard of fluency in the language. In year four, you will have the opportunity of an exchange with Irish or Canadian universities, allowing you to explore the wider international context to which Gaelic Scotland belongs. The skills you acquire on the course will make you ideally placed to take advantage of the many new job opportunities appearing in the Gaelic world today.

COURSE CONTENT

YEAR 1 - SCQF Level 7

For the structure at Level SCQF 7, see An Cùrsa Comais, An Cùrsa Adhartais and Gaelic and Communication.

YEAR 2 - SCQF Level 8

Core modules

- Gaelic Language 2
- Language, Culture and Ethnicity

Optional modules

- Folklore
- The Short Story
- Onomastics
- Poetry since 1900
- Gaelic Scholars and Voyagers

YEAR 3 - SCQF Level 9

Core modules

- Gaelic Language 3
- Research Skills

Optional modules

- Traditional Culture
- Poetry 1600 - 1900
- Irish Language
- Gaelic Prose
- Creative Writing
- History and Development of the Gaelic Language

YEAR 4 - SCQF Level 10

Core module

- Dissertation

Optional modules

- The Aos Dàna
- Traditional Culture in the 21st Century
- Celtic Belief Systems
- Gaelic Dialects
- Translation skills

DESCRIPTION

The Gaelic Language and Culture degree, develops students' knowledge and critical awareness of Gaelic language, literature and culture. It also allows students to draw from related subjects covered by sister programmes in the Scheme of degrees. This programme balances investigation of historical aspects of language and culture, with an emphasis on contemporary material and issues which affect the Gaelic community. You will study the arts, contemporary and traditional literature, minority language issues and oral tradition, and explore the relationship of Gaelic to other languages, including Irish Gaelic

EMPLOYMENT PROSPECTS

- Education
- Public administration
- Economic and cultural development
- Postgraduate study and research

UCAS - ENTRY REQUIREMENTS

- 3 SQA Higher passes at grades B, B and C or above, including Gàidhlig (fluent speakers) or Gaelic (learners) at B or above; or
- other equivalent qualifications subject to the discretion of the Course/Programme Leader.

You will be interviewed in order to determine which first year language course best meets your needs, depending on your spoken language abilities on entry.

**FEARTAN SÒNRAICHE**

Bheir an ceum seo sgilean obrach dhut air a bheil fèill mhòr ann an Alba, a' toirt dhut an cothrom as fheàrr sa mhargaidh-obrach airson èolas fhaighinn air poileasaidh càinair agus leasachadh na Gàidhlig sa choimhearsnachd. A' tarraing air eisimpleirean eadar-nàiseanta, tha an cùrsa a' deasbad mar as urrainnear a' Ghàidhlig agus a' lionraidhean sa choimhairsnachd a bhith air an neartachadh. Air a' bhliadhna urraim, faodaidh tu taghadh a dhèanamh a dhol gu oilthigh eile ann an Canada no Èirinn fad semeastair.

SUSBAINT**BLIADHNA 1 - SCQF ìre 7**

Airson an structair aig ìre SCQF 7, faic An Cùrsa Comais, An Cùrsa Adhartais agus Gàidhlig agus Conaltradh.

BLIADHNA 2 - SCQF ìre 8**Modalan riatanach**

- Gàidhlig 2
- Cànan, Cultar agus Cinnidheachd

Modalan roghainneil

- Saoghal na Gàidhlig 2
- A' Ghàidhlig An-dè is An-diugh
- Eachdraidh Shòisealta na Gàidhealtachd
- Leasachadh air a' Ghàidhealtachd agus Roinnean lomallach

BLIADHNA 3 - SCQF ìre 9**Modalan riatanach**

- Gàidhlig 3
- Sgilean Rannsachaiddh

Modalan roghainneil

- Poileasaidh is Planadh Càinair 1
 - Nàiseantachd is Fèin-aitheachadh Nàiseanta
 - Leasachadh Choimhairsnachdan san 21st linn
 - Mothachadh Càinair
 - Dlùth-chruinneas agus Coimhairsnachdan lomallach
 - Leasachadh Choimhairsnachdan
- Gàidhlig: Sgilean Practaigeach

BLIADHNA 4 - SCQF ìre 10**Modalan riatanach**

- Tràchdas Ceuma

Modalan roghainneil

- Poileasaidh Càinair san Àite-obrach
- Poileasaidh is Plana Càinair 2
- Imrich
- Leasachadh Seasmhach
- Sgilean Eadar-theangachaiddh

MÌNEACHADH

Tha an ceum seo ag amas air oideachadh agus trèanadh a thoirt dhut ann an leasachadh poileasaidhean Gàidhlig agus leasachadh choimhairsnachdan. Tha cothroman obrach a' leudachadh san roinn seo, leis gum feum buidhnean oifigearan càinair comasach fhastadh, airson planaichean Gàidhlig a dealbh, a rèir iarrtanach Achd na Gàidhlig 2005. Air a' chùrsa, bidh thu a' dèanamh choimeasan eadar coimhairsnachdan na Gàidhlig agus mion-chànanan agus cultaran eile ann an Èirinn, a' Chuimhrigh, tir-mòr na Roinn Eòropa, Lochlann agus Ameireaga a Tuath.

COTHROMAN OBRACH

- Leasachadh coimhairsnachd agus leasachadh càinair
- Rianachd phoblach
- Foghlam
- Ionnachsadh aig ìre for-cheum agus cothroman rannsachaiddh

UCAS – FEUMALACHDAN**INNTRIGIDH**

- 3 teisteanasan SQA aig Àrd-ìre aig B, B, agus C no nas fheàrr, a' gabhail a-steach Gàidhlig airson fileantaich no luchd-ionnsachaiddh aig Àrd-ìre B no nas fheàrr; no
- dh'fhaodadh teisteanasan eile a bhith air am meas freagarrach le Stiùiriche a' Phrògraim.

Bidh agallamh agad airson dearbhadh dè an cùrsa a bu fhreagarrach dhut air a' chìad bhliadhna, a rèir nan comasan labhairt agad.

BA/BA (HONS)

GAELIC AND DEVELOPMENT

UCAS CODE: Q505



SPECIAL FEATURES

This degree will give you work skills that are highly sought-after in Scotland, giving you the best chance in a growing jobs market for Gaelic language policy expertise and community/network development.

Drawing on international comparisons, the course looks at how Gaelic and its communities/networks can be strengthened. In the Honours year, you can study for one semester at a university in Canada or Ireland.

COURSE CONTENT

YEAR 1 - SCQF Level 7

For the structure at Level SCQF 7, see An Cúrsa Comais, An Cúrsa Adhartais and Gaelic and Communication.

YEAR 2 - SCQF Level 8

Core modules

- Gaelic Language 2
- Language, Culture and Ethnicity

Optional modules

- The Gaelic World 2
- Gaelic: Past and Present
- Social History of the Highlands and Islands
- Development Issues in the Highlands and other remote areas

YEAR 3 - SCQF Level 9

Core modules

- Gaelic Language 3
- Research Skills

Optional modules

- Language Policy and Planning 1
- Nationalism and National Identity
- Developing Communities in the 21st century
- Language Awareness
- Globalisation and Remote Communities
- Developing Gaelic Communities: Practical Skills

YEAR 4 - SCQF Level 10

Core module

- Dissertation

Optional modules

- Language Policy in the Workplace
- Language Policy and Planning 2
- Migration
- Sustainable Development
- Translation skills

DESCRIPTION

The Gaelic and Development degree aims to provide you with an education and training in Gaelic language policy expertise and community development. This is a growing area in the Gaelic jobs market, with the Gaelic Language (Scotland) Act 2005 placing statutory requirements on agencies to produce Gaelic plans devised by skilled language officers. You will compare Gaelic and its communities with minority languages and cultures elsewhere, in Ireland, Wales, mainland Europe, Scandinavia and North America.

EMPLOYMENT PROSPECTS

- Community development and language development
- Public administration
- Education
- Postgraduate study and research

UCAS - ENTRY REQUIREMENTS

- 3 SQA Higher passes at grades B, B and C or above, including Gàidhlig (fluent speakers) or Gaelic (learners) at B or above; or
- other equivalent qualifications subject to the discretion of the Course/Programme Leader.

You will be interviewed in order to determine which first year language course best meets your needs, depending on your spoken language abilities on entry.



FEARTAN SÒNRAICHE

'S e seo an aon chùrsa ceuma tro mheadhan na Gàidhlig far am faigh luchd-ciùil traidiseanta cothrom ceòl, eachdraidh is dualchas na Gàidhealtachd a sgrùdadh, an lùib Sgeama na Gàidhlig is Chuspairean Co-cheangalite. Bidh oileanaich an sàs ann an obair aghaidh-ri-aghaidh is obair clas far am bithear a' rannsachadh caochladh chuspairean a bhios riatanach ann an dreuchdan ciùil soirbheachail iom-phillte. Gheibh iad cuideachd an cothrom an sgilean a thaisbeanadh gu cunbalach air tursan is aig feisean mòra ciùil agus bidh cothrom airson semeastar a chur seachad a' rannsachadh ciùil ann an Èirinn no Canada anns a' cheathramh bliadhna.

SUSBAINT

BLIADHNA 1 - SCQF ìre 7

Airson an structair aig ìre SCQF 7, faic An Cùrsa Comais agus Gàidhlig is Conaltradh. Feumaidh oileanaich a thaghlas Gàidhlig agus Ceòl Traidiseanta na modalan Annas-làimhe agus Òrain Ghàidhlig 1 agus Teòiridh, Cruthachadh agus Cothromachadh 1 a thaghadh mar na modalan roghainneil aca.

BLIADHNA 2 - SCQF ìre 8

Modalan riatanach

- Gàidhlig 2

Modalan roghainneil

- Annas-làimhe agus Òrain Ghàidhlig 2
- Teòiridh, Cruthachadh agus Cothromachadh 2
- Eachdraidh Ceòl na Gàidhlig

BLIADHNA 3 - SCQF ìre 9

Modalan riatanach

- Gàidhlig 3
- Sgilean Rannsachaidh

Modalan roghainneil

- Annas-làimhe 3
- Òrain Ghàidhlig 3
- Sgilean Foillseachaidh is Eagrachaidh Proifeasant
- A' Teagasc Ciùil

BLIADHNA 4 - SCQF ìre 10

Modalan riatanach

- Tràchdas Ceuma
- Annas-làimhe 4

Modalan roghainneil

- A' Riochdachadh a rèir Cuspair
- Clàradh agus Riochdachadh
- Cruthachadh is Cothromachadh

MÌNEACHADH

Tha caochladh chuspairean practaigeach is teòiridheach an lùib a' Phrògraim seo a bhios riatanach airson dreuchd ann an saoghal a' chiùil. Gheibh thu teagasc aghaidh-ri-aghaidh ann an speisearachadh an oileanaich, a thuilleadh air obair-bhuidhne, seinn, teòiridh ciùil, cruthachadh is cothromachadh, eachdraidh ceòl na Gàidhlig, clàradh is riochdachadh agus eòlas gniomhachais. Thèid sgilean traidiseanta taisbeanaidh/cluiche a theagasc leis na h-ionnstramaidean a leanas och thèid beachdachadh air ionnstramaidean eile cuideachd ma thèid am mìneachadh san iarrtas agad: Bogsa, Fidheall, Duiseal is Fideag, Òrain Ghàidhlig, Giotàr, A' Phiob Mhòr, Clàr-iuchrach agus Clàrsach.

COTHROMAN OBRACH

- Taisbeanadh beò agus clàradh
- Ceòl agus foghlam tro mheadhan na Gàidhlig
- Roinn cultar na Gàidhlig (na meadhanan nam measg)
- Ionnachadh aig ìre for-cheum agus rannsachadh

UCAS – FEUMALACHDAN

INNTRIGIDH

- 3 teisteanasan SQA aig Àrd-ìre aig B, B, agus C no nas fheàrr, a' gabhail a-steach Gàidhlig airson fileantaich no luchd-ionnsachaidh aig Àrd-ìre B no nas fheàrr; no
- dh'fhaodadh teisteanasan eile a bhith air am meas freagarrach le Stiùiriche a' Phrògraim.

Bidh agallamh agad airson dearbhadh dè an cursa a bu fhreagarrache dhut air a' chìad bhliadhna, a rèir nan comasan labhairt agad. Feumaidh oileanaich a tha an dùil an ceum a dhèanamh a dhol tro dheuchainn-chluiche an toiseach.



BA/BA (HONS)

GAEIC AND TRADITIONAL MUSIC

UCAS CODE: QW53



SPECIAL FEATURES

This is the only Gaelic-medium degree programme that allows traditional musicians to study the music, history and traditions of the Gàidhealtachd within the broader contexts of Gaelic and related studies. As well as theoretical, practical one to one and group-work classes, students also perform regularly on tours and at major festivals and have the opportunity to spend a semester studying music in Ireland or Canada in Year 4. Throughout the programme, students study with leading musicians and scholars and forge essential links with other musicians and key individuals from within the music industry.

COURSE CONTENT

YEAR 1 - SCQF Level 7

For the structure at Level SCQF 7, see An Cùrsa Comais and Gaelic and Communication. Students taking Gaelic and Traditional Music will be required to elect Music Performance and Gaelic Song 1 and Theory, Arrangement and Composition 1 as their optional modules.

YEAR 2 - SCQF Level 8

Core modules

- Gaelic Language 2

Optional modules

- Music Performance and Gaelic Song 2
- Theory, Arrangement & Composition 2
- History of Gaelic Music

YEAR 3 - SCQF Level 9

Core modules

- Gaelic Language 3
- Research Skills

Optional modules

- Music Performance 3
- Gaelic Song 3
- Professional Presentational and Organisational Skills
- Teaching Music

YEAR 4 - SCQF Level 10

Core module

- Dissertation
- Music Performance 4

Optional modules

- Themed Production
- Recording and Producing
- Composing and Arranging Portfolio

DESCRIPTION

Subjects covered in the Programme include a range of practical and theory based topics essential to a successful career in music. They include one-to-one tuition in the student's main performance-study, group-work, singing, music theory, composing and arranging, Gaelic music history, recording and producing, music education and business studies. The Programme is offered with the following performance-studies although others may be considered on application: Accordion (piano or button key), Fiddle, Flute and Whistle (black flute preferred), Gaelic Song, Guitar, Highland Bagpipes, Keyboard and Scottish Harp (gut and/or wire-strung).

EMPLOYMENT PROSPECTS

- Live performance and recording
- Music and Gaelic-medium education
- Gaelic cultural sector (including media)
- Postgraduate study and research

UCAS - ENTRY REQUIREMENTS

- 3 SQA Higher passes at grades B, B and C or above, including Gàidhlig (fluent speakers) or Gaelic (learners) at B or above; or
- other equivalent qualifications subject to the discretion of the Course/Programme Leader.

You will be interviewed in order to determine which first year language course best meets your needs, depending on your spoken language abilities.

All prospective music-degree students must also undertake a music audition.



FEARTAN SÒNRAICHE

Tha am BA (le Urram) Gàidhlig agus Foghlam air a theagasc tro mheadhan na Gàidhlig agus tha cuideam air dian-theagasc agus modhan-teagaig dà-chànanais ann an sgoiltean. Bheir am prògram cothrom dhut barantas le urram agus teisteanas teagaig fhaotainn taobh a-staigh ceithir bliadhna, agus tha e na shlighe direach a-steach gu trèanadh thidsearan ann an raon far a bheil gainnead luchd-obrach. Tha cothrom ann an dà chuid Gàidhlig agus foghlam a sgrùdadh ann an suidheachadh bogaidh agus tha an cùrsa air a dhealbh airson teagasc Àrd-sgoile (Gàidhlig) no teagasc Bun-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig no teagasc dà-chànanach, le 18 seachdainean de gheiris sgoile tarbhliadhnaichean 3 agus 4.

SUSBAINT

BLIADHNA 1 - SCQF ìre 7

'S e bliadhna de bhunait càinain a tha ann am Bliadhna 1 de SGCC agus, a rèir do chomasan càinain faoadaidh tu An Cùrsa Comais no Gàidhlig agus Conaltradh a dhèanamh.

Tha An Cùrsa Adhartais air a thabhann pàirt-tide, air astar, mar chùrsa co-ionann ris a' Chùrsa Chomais.

BLIADHNA 2 - SCQF ìre 8

Ann am Bliadhna 2, bidh thu a' leantail mhodalan riatainach bhon Sgeama, leithid Gàidhlig agus cuspairean co-cheangailte ris a' Ghàidhlig, le modal air foghlam Gàidhlig.

BLIADHNA 3 - SCQF ìre 9

- Gàidhlig 3
- Sgilean Rannsachaidh
- Clann agus an Ionnachadh
- Greisean sgoile 1 (8 seachdainean)

BLIADHNA 4 - SCQF ìre 10

- Tràchdas Ceuma
- Modal roghainneil aig SCQF 9 no 10
- An Neach Dreuchdail Breithneachail is Feòrachail
- Greisean sgoile 2 (10 seachdainean)

MÌNEACHADH

Is e prògram ùr trèanadh thidsearan tro mheadhan na Gàidhlig a tha anns a' chùrsa BA (le Urram) Gàidhlig agus Foghlam a tha air a thabhann taobh a-staigh Sgeama na Gàidhlig agus Cuspairean Co-cheangailte (SGCC) aig UHI. Bidh oilleanach a' dèanamh Bliadhna 1 agus 2 de SGCC agus, an dèidh sin, airson Bliadhna 3 agus 4, prògram oideachaichd de mhodalan foghlam agus modalan SGCC. Tha am Prògram ri fhaotainn tro fhoghlam air astar no tro theagasc aghaidh ri aghaidh.

COTHROMAN OBRACH

- Teagasc àrd-sgoile (Gàidhlig)
- Foghlam bun-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig no foghlam dà-chànanach
- Cothroman oideachaichd for-cheum

FEUMALACHDAN INNTRIGIDH

Airson faighinn a-steach gu Bliadhna 1 agus 2 de SGCC, gu h-àbhaisteach feumaidh tu 3 Àrd ìre aig BBC no nas fheàrr, le Gàidhlig airson fhileantach no luchd-ionnsachaidh aig Àrd ìre B no nas fheàrr.

Airson gluasad gu Bliadhna 3 agus 4 den chùrsa BA (le Urram) Gàidhlig agus Foghlam, airson gach cuid Àrd-sgoil agus Bun-sgoil, tha feum air:

- Àrd ìre Beurla aig C no nas fheàrr, no teisteanas co-ionann, agus Matamataig aig ìre Nàiseanta 5 no Sàr-ìre Choitcheann (no teisteanas Cùrsa Nàiseanta ìre Eadar-mheadhanach 2 aig C no nas fheàrr).
- Soirbheachadh ann an agallamh a rèir modhan obrach bunaiteach a thaobh inntrigidh gu Dioplòma Ceumnachaidh Proifeiseanta ann am Foghlam agus feumar modhan-obrach Disclosure Scotland a choileanadh.



BA (HONS)

GAELIC WITH EDUCATION

UCAS CODE: XQ10



SPECIAL FEATURES

The BA (Hons) Gaelic and Education is delivered through the medium of Scottish Gaelic and has a focus on immersion and bilingual teaching practices in schools. The Programme provides you with the opportunity to gain an honours award and teaching qualification in four years. This allows you a direct route into teacher education, in a field where there is a skills shortage. You may study both language and education components in an immersion situation and the programme is designed for either Secondary Teaching (Gaelic as a subject) or Gaelic-medium and bilingual Primary Teaching and includes 18 weeks of school experience in Years 3 and 4.

COURSE CONTENT

YEAR 1 - SCQF Level 7

Year 1 of the GRSS is a language foundation year and, depending on your linguistic ability on entry you can either study An Cùrsa Comais or Gaelic and Communication. An Cùrsa Adhartais is offered as a part-time, distance learning equivalent of An Cùrsa Comais.

YEAR 2 - SCQF Level 8

In Year 2 you will study Scheme core modules in Gaelic language and in Gaelic-related subjects, including a module on Gaelic education.

YEAR 3 - SCQF Level 9

- Gaelic Language 3
- Research Skills
- Children and their Learning
- Professional Practice 1 (8 weeks)

YEAR 4 - SCQF Level 10

- Degree Dissertation
- The Critical and Enquiring Professional
- Professional Practice 2 (10 weeks)
- Optional Module

DESCRIPTION

The BA (Hons) Gaelic and Education is a new Gaelic-medium teacher education programme, delivered within the UHI Gaelic and Related Studies Scheme (GRSS). Students undertake Years 1 and 2 of the GRSS and thereafter, for Years 3 and 4, a combined programme of education and GRSS modules. The Programme can be studied either through distance learning or through on-site delivery. students in Years 3 and 4 of the programme.

EMPLOYMENT PROSPECTS

- Secondary teaching (Gaelic language)
- Gaelic-medium primary teaching
- Further post-graduate study opportunities

ENTRY REQUIREMENTS

Entry to Years 1 and 2 of the GRSS, normally requires students to have 3 SQA Higher grade passes of which 3 must be at Higher Grade at grade BBC or above, including Gàidhlig (Fluent speakers) or Gaelic (Learners) at B or above.

To progress to Years 3 and 4 of the BA (Hons) in Gaelic and Education, for both Secondary and Primary, the following is required:

- Higher English at Grade C or above, or equivalent, and Maths is required at National 5 or Standard Grade Credit level or National Course award Intermediate 2 at Grade C or above.
- You will also need a satisfactory interview in accordance with standard procedures for admission to the Professional Graduate Diploma in Education and a satisfactory completion of Disclosure Scotland procedures.

NA MEADHANAN GÀIDHLIG

CÒD: UP390 Fios slàn air duilleag 66 a thaobh cur-a-steach iarrtas.



FEARTAN SÒNRAICHE

Anns a' chùrsa seo, gheibh thu cothrom na sgilean a bhios riatanach airson an àite-obrach ionnsachadh fhad 's a chuireas thu ri na sgilean càinain aig a' Cholaiste agus anns a' choimhearsnachd Ghàidhlig. Bidh an teisteanas a thathar a' moladh na bhuannachd dhut, a' leigeil leat farsaingeachd de dh'eòlas is sgilean sònraichte ionnsachadh agus sgilean obrach a leasachadh. Tha cruth a chùrsa seo agus an trèanadh aig Sabhal Mòr Ostaig air cothrom a thoirt do dhaoine a dhol an sàs ann an iomadach dreuchd eadar-dhealaichte anns na meadhanan agus tha còrr is 70% de dhaoine a rinn a chùrsa seo a nis a' dèanamh am beò-shlàint anns a' ghnìomhachas.

SUSBAINT

Ann am Blàdhna 1 den chùrsa Dip HE Na Meadhanan Gàidhlig, gheibh oileanaich cothrom seachdail greis-ghniomhachais a dhèanamh le Aonad Craolaidh A-muigh aig a' BhBC aig a' Mhòd Nàiseanta Rioghaill. Bithear ag obair gu cunbalach air caochladh mhodalan tron bhliadhna le eòlaichean bhon ghnìomhachas. Thèid an cùrsa a lìbrigeadh tro mheasgachadh de dhòighean air an làraich agus far na làraich. Cuiridh oileanaich DipHE 10 mìosan seachad anns an dàrna bliadhna aig compànaidhean mheadhanan agus compànaidhean craolaidh.

BLIADHNA 1 - ìre SCQF 7

- Sgilean Conaltraidh airson na Meadhanan
- Sgilean Teicnigeach
- Gearradh
- Rannsachadh agus Riochdachadh airson Telebhisein
- Riochdachadh Rèidio
- Naidheachdas

BLIADHNA 2 - ìre SCQF 8

- Obair Sgioba Èifeachdach
- Leasachadh Sgilean Eadar-Phearsanta
- Sgilean Dreuchdail
- A' Deasachadh airson Obair

'S e modalan riatanach, stèidhichte air a' phrògram a th' anns na 10 modalan

COTHROMAN OBRACH

- Rèidio
- Telebhisean
- Na meadhanan clò agus didseatach

FEUMALACHDAN INNTRIGIDH

- Bhithe a' sùileachadh gum biodh teisteanas fairmeil aig tagraichean leithid ceum oilthigh, teisteanas HNC no HND; no
- Dh'fhaodadh teisteanasan eile a bhith air am meas freagarrach le Stiùiriche a' Phrògram.

Bidh agallamh agad airson dearbhadh gu bheil na comasan labhairt agad aig an ìre iomchaidh.



DIP HE IN

GAELIC MEDIA

CODE: UP390 Refer to page 67 for how to apply for this course.



SPECIAL FEATURES

On this course, you will have the opportunity to develop the necessary media skills required for direct entry to the workplace while enhancing your language skills both at college and in the wider Gaelic community. The proposed qualification will benefit you by allowing you to develop a wide range of industry-specific knowledge and skills, whilst also developing transferable skills. The structure of the courses and the practical training provided at the College has allowed students to enter a wide range of professions in the Gaelic media. The Diploma has a very high employment rate with over 70% of those achieving the award gaining employment within the media industry.

COURSE CONTENT

During Year 1 of the Dip HE in Gaelic Media students will have the opportunity of 1 week's work-based learning with a BBC Outside Broadcast Unit at The Royal National Mòd. Our lecturers are industry experts who will give you all the support and practical skills you'll need. The delivery model to be used will be a combination of site-specific and off-campus. During the second year of the Dip HE students will spend 10 months at various media companies and broadcasters off-campus.

YEAR 1 - Level SCQF 7

- Communication Skills for Media
- Technical Skills
- Editing
- Television Research and Production Skills
- Radio Production
- Journalism

YEAR 1 - Level SCQF 8

- Effective Team Working
- Enhancing Interpersonal Skills
- Professional Practice
- Presentational Skills for Employment

All 10 modules, will be core, programme-specific modules.

ENTRY REQUIREMENTS

- Applicants will be expected to have some formal qualification such as a university degree, HNC or HND; or
- other equivalent qualifications and experience subject to the discretion of the Course Leader.

You will be interviewed in order to determine that your spoken language is at the appropriate entry level.

EMPLOYMENT PROSPECTS

- Radio
- Television
- Print and digital media

LEASACHADH CÀNAIN

LEASACHADH COIMHEARSNACHD

CÒD: G/B



FEARTAN SÒNRAICHTÉ

Chaidh na teisteanasan LDL air astar a dhealbh airson freagairt air na feumalachdan trèanaidh aig buidhnean Gàidhlig agus aig ùghdarrasan poblach a dh'fheumas planaichean Gàidhlig a chur an gniomh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Mar oileanach, gheibh thu buannachd bho theagasc agus eòlas rannsachaidh den ire as airdé ann an leasachadh cànain agus coimhersnachd, le sùil gheur air Gàidhlig na h-Alba, a' toirt cothrom dhut do sgilean dreuchdail is proifeiseanta a leasachadh.

SUSBAINT AN DÀ LDL

(tro mheadhan na Gàidhlig is na Beurla)

LDL LEASACHADH CÀNAIN

Modalan riatanach

- A' Ghàidhlig An-dè 's An-diugh
- Poileasaidh is Planadh Cànain 1

LDL LEASACHADH COIMHEARSNACHD

Modalan riatanach

- A' Ghàidhlig An-dè 's An-diugh
- A' Leasachadh Coimhersnachdan Gàidhlig: Sgilean Practaigeach

MÌNEACHADH

Tha an dà theisteanas LDL ann an Leasachadh Cànain agus Leasachadh Coimhersnachd air an dealbh airson a bhith gan libhrigeadh ann an Gàidhlig no ann am Beurla agus ri fhaotainn tro fhoghlam air astar, le stòras ghoireasan-ionnsachaidh dà-chananach rim faotainn air-loidhne. Bidh thu a' gabhaíl pàirt ann an clasaichean fòn gach seachdain agus deasbadan buidhne agus bidh thu a' coimhead air an rannsachadh eadar-nàiseanta as ùire agus na dòighean-obrach as fheàrr.

CÒ DHA A THA NA TEISTEANASAN / MODALAN SEO?

- Oifigearan planadh cànain agus oifigearan leasachadh cànain
- Co-òrdanaichean leasachadh coimhersnachd agus eaconomach
- Neach sam bith a tha ag obair sa choimhersnachd gus a' Ghàidhlig a dhìon agus ath-bheothachadh
- Proifeiseantaich foghlaim

FEUMALACHDAN INNTRIGIDH

Tha na modalan airson an LDL aig lìre SCQF 8 agus 9. A bharrachd air na modalan a bhios air an libhrigeadh ann an Gàidhlig agus far a bheil fileantachd ann an Gàidhlig air iarraidh, chan eil riatanasan inntrigidh eile ann airson faighinn a-steach gu na modalan fa leth agus tha cead a rèir toil an ionaid no stiùiriche an teisteanais LDL.



"Tha sàr eòlas aig an luchd-teagaisg againn air clasaichean cànain agus òraidean a chumail air fòn agus air taic a chumail do dh'oileanaich a tha ag ionnsachadh air astar."

Stiùrche a' Phrògram



CONTINUING PROFESSIONAL DEVELOPMENT (CPD) AWARDS

LANGUAGE DEVELOPMENT COMMUNITY DEVELOPMENT

CODE: N/A



SPECIAL FEATURES

The distance learning CPD awards have been developed to meet the training needs of Gaelic organisations and of public bodies required to produce and implement a Gaelic language plan under the terms of the Gaelic Language (Scotland) Act 2005. You will benefit from the highest standards of teaching and research in language and community development, with a focus on Scottish Gaelic, enabling you to enhance your employability and professional skills.

CPD CONTENT

(delivery in Gaelic & English)

CPD LANGUAGE DEVELOPMENT

Core modules

- Gaelic: Past and Present
- Language Policy and Planning 1

CPD COMMUNITY DEVELOPMENT

Core modules

- Gaelic: Past and Present
- Developing Gaelic Communities: Practical Skills

DESCRIPTION


The two CPD awards in Language Development / Leasachadh Cànan and Community Development / Leasachadh Coimhearsnachd have been designed for delivery in Gaelic or English and are offered through supported distance learning, with access to bilingual learning resources available on-line. You will be expected to participate in weekly telephone tutorials and group discussions focussing on the latest international research and examples of best practice.

WHO ARE THE AWARDS/MODULES FOR?

- Language planning and development officers
- Community and economic development co-ordinators
- Individuals working within their community to maintain and regenerate the Gaelic language
- Education professionals

ENTRY REQUIREMENTS

The modules comprising the CPD awards are at SCQF Levels 8 and 9. Apart from the Gaelic-medium delivered modules which require fluency in Gaelic, there are no other mandatory requirements for entry to the individual modules, and access is at the discretion of the centre/CPD award leader.



"Our teaching staff have extensive experience in the use of tele-conferencing to deliver language classes, lectures and tutorials and in supporting students studying at a distance."

Programme Director

CULTAR DÙTHCHASACH AGUS EACHDRAIDH NA GÀIDHEALTACHD

CÒD: 93Q7



FEARTAN SÒNRAICHE

Tha an cùrsa ùr-ghnàthachte seo, le cliù fad is farsaing, a' toirt dhut cothrom sònraichte eòlas farsaing agus domhainn a chur air dualchas nan Gàidheal - uile-gu-lèir tron Ghàidhlig. A' tarraing air beairteas cultar dùthchasach, litreachas, beul-aithris, agus cànan nan daoine, agus ag ionnsachadh bho sgoilearan barraichte aig a bheil inbhe eadar-nàiseanta, gheibh thu tuigse dhomhainn mu shaoghal nan Gàidheal an-dè agus an-diugh. Chan fhaighear samhail a' chùrsa seo ann an àite sam bith eile.

SUSBAINT

BLIADHNA 1 - Pg Cert (SCQF lìre 11)

Modalan riatanach:

- Cultar Dùthchasach agus Tir-Mòr na Roinn Eòropa
- Bailtean is lomairean
- Cultar Dùthchasach: Dòighean Rannsachaidh

BLIADHNA 2 - Pg Dip (SCQF lìre 11)

Modalan riatanach:

- Thar nan Linn
- Ceistean Mòra an Latha An-Diugh

Modalan roghainneil:

- Àrainneachd is Seasmhachd air an Talamh
- Dòighean Beatha is Nàbaidheachd
- Imrich is Buaidh Beatha

BLIADHNA 3 - MSc (SCQF lìre 11)

Modalan riatanach:

- Tràchdas rannsachaidh

MÌNEACHADH

Dh'fhaodadh gu bheil tomhais mhath de dh'eòlas agad mar-thà air beul-aithris, cultar dùthchasach, agus eachdraidh sgìrean fa leth. Tro bhith a' suidheachadh an eòlais sin ann an co-theacs farsaing na Gàidhealtachd air fad agus fiù 's ceàrnaidhean eile den Roinn Eòropa, le sùil shònraichte air cultar dùthchasach - an iomadach rud a chruthaich agus a chleachd na Gàidheil - gheibh thu sealladh farsaing air na h-atharrachaidhean iongantach a thàinig air saoghal nan Gàidheal thar nan trì ceud bliadhna a chaidh seachad. Ionnsaichidh tu còmhla ri oileanaich bheothail eile tro VLE air-loidhne agus tro cho-labhairtean fòn, agus nì thu rannsachadh 'anns an raon' cuideachd. 'S e cùrsa pàirt-thìde a th' anns an MSc, a bheir dhut tòrr sùbailteachd a thaobh na h-àireimh de mhodalan a bhios agad gach semeastar. Mar is trice bheir e trì bhliadhna an MSc fhìn a thoirt a-mach.

COTHROMAN OBRACH

- Rannsachadh PhD
- Roinn an dualchais/taighean-tasgaidh/buidhnean àrainneachdail/pròiseactan ri cruth na tire
- Buidhnean leasachaидh agus cultarach; na h-ealain agus na meadhanan

FEUMALACHDAN INNTRIGIDH

Ceum le urram aig 2:2 no nas fheàrr ann an cuspair ionchaidh. Thathar a' cur failte air tagraichean aig nach eil na teisteanasan seo ach aig a bheil eòlas proifeiseanta ann an cuspairean ionchaidh. Tha comas conaltraidh anns a' Ghàidhlig aig lìre adhartach riatanach.



"Tha 'n cùrsa MSc na shùileachan priseil air eachdraidh agus dualchas nan Gàidheal, agus air ceistean mòr an là 'n-diugh."

Maighread Stiùbhart



MSc

MATERIAL CULTURE AND GÀIDHEALTACHD HISTORY

CODE: 93Q7



SPECIAL FEATURES

This innovative, and widely-acclaimed course gives you the opportunity to examine and to investigate Gaelic society and civilisation – entirely, and uniquely, through the language of the people themselves. Drawing upon the wealth of material culture, literature, tradition, and language, and taught by scholars of international standing, you will reach a deeper understanding of the world of Gaels, yesterday and today. This course provides an unrivalled, insider's perspective on the history and culture of the Scottish Gàidhealtachd.

COURSE CONTENT

YEAR 1 - Pg Cert (SCQF level 11)

Core modules

- Material Culture and European Ethnology
- Settlement and Land-use
- Material Culture: Research Methods

YEAR 2 - Pg Dip (SCQF level 11)

Core modules

- Historical Perspectives
- Contemporary Issues

Optional modules

- Environmental Evolution and Sustainability
- Regional Identities
- Migration: Cultural Continuity and Change

YEAR 3 - MSc (SCQF level 11)

Core modules

- Research Dissertation

DESCRIPTION

Perhaps you know something already about the oral tradition, the material culture, and the history of particular districts of the Gàidhealtachd. By situating that knowledge in the wider context of the entire country and parts of Europe, with specific reference to material culture – the many objects that Gaels have made and used – you will acquire a broad perspective on the extraordinary changes which have affected the Gaelic world over the past three centuries. You will be taught as part of an enthusiastic student group, using online VLEs and telephone seminars as well as carrying out research in the field. The MSc is delivered part-time, allowing a degree of flexibility in the number of modules you study each semester. Generally it takes three years to complete the MSc.

EMPLOYMENT PROSPECTS

- PhD research
- Heritage sector/museums/environmental organisations/environmental and landscape projects
- Development and cultural bodies; arts and media

ENTRY REQUIREMENTS

A 2:2 Hons degree or above in a suitable subject. We welcome applicants who do not have this qualification, but possess professional knowledge in relevant subjects. Conversational ability in Gaelic at an advanced level is essential.



"The MSc course is a valuable eye-opener into the history and culture of the Gael as well as gaining a keen perspective on contemporary issues."

Margaret Stewart

EÒLAS EADAR-THEANGACHAIDH GHÀIDHLIG

CÒD: U91Q9



MÌNEACHADH

Is e amas farsaing a' chùrsa PDA Eòlas Eadar-theangachaidh Ghàidhlig sgilean eadar-theangachaidh an oilleanach a leasachadh gu bun-tomhas proifeiseanta, agus mothachadh breithneachail agus tuigse air teòirig agus prionnsapalan eadar-theangachaidh a leasachadh agus mar a dh'fhaodas iad a bhith iomchaidh do għnothaichean pragtaigeach an eadar-theangair. Tha an cùrsa dhaibhsan a tha mar-thà ag obair mar eadar-theangairean agus a tha airson an cuid eòlais, sgilean agus comas pragtaigeach a leasachadh. Tha e cuideachd dhaibhsan aig a bheil sàr chomas anns a' Ghàidhlig agus anns a' Bheurla a tha airson aithneachadh proifeiseanta fhaotainn.

FEARTAN SÒNRAICHTHE

Is e cùrsa ùr a tha ann am PDA Eòlas Eadar-theangachaidh Ghàidhlig a thèid a libhriġeadd tro mheadhan na Gàidhlig air astar le Sabhal Mòr Ostaig OGE. Tha an cùrsa aig ire fhor-cheum (SCQF 11) agus air a dhearbhadh le SQA. Tha dà aonad riatanach ann: Aonad 1 – A' Tionndadh Theagsaichean bhon Bheurla dhan Ghàidhlig is bhon Ghàidhlig dhan Bheurla (2 chreideas) agus Aonad 2 – A' Leasachadh Dèanadas mar Eadar-theangair Proifeiseanta (1 chreideas). Nì luchd-ionnsachaidh Aonad 1 sa chìad semeastair agus Aonad 2 san dàrna semeastair.

SUSBAINT

Is e Teisteanas Leasachaidd Phroifeiseanta ann an eadar-theangachadh Gàidhlig a tha sa chùrsa seo. Tha e stèidhichte aig SCQF 11 agus tha dà aonad a' chùrsa riatanach:

Semeastair 1:

- Aonad 1 HW02 38 – A' Tionndadh Theagsaichean bhon Bheurla dhan Ghàidhlig is bhon Ghàidhlig dhan Bheurla.

Semeastair 2:

- Aonad 2 HW01 38 - A' Leasachadh Dèanadas mar Eadar-theangair Proifeiseanta.

Thèid na h-aonadan a mheas le measgachadh de dh'obair eadar-theangachaidh agus de dh'aithisgean breithneachail.

COTHROMAN OBRACH

- Bheir an cùrsa cothrom do dh'oileanaich raon de sgilean a bhios luchd-fastaidh a' sireadh san roinn seo a leasachadh.

- Thèid am brosnachadh gus na sgilean pragtaigeach aca fhìn a leasachadh ann a bhith a' dèanamh eadar-theangachadh sgrɪobhite bhon Bheurla dhan Ghàidhlig agus a chaochladh, agus gus an dèanadas aca fhìn mar eadar-theangairean proifeiseanta a sgrùdadh agus adhartachadh.
- Tha e fo rùn gun tèid an teisteanas seo, a tha coshinte ris a' Bhun-tomhas Dhreuchdail Nàiseanta air eadar-theangachadh, na theisteanas nàiseanta ann an eadar-theangachadh Gàidhlig proifeiseanta.

FEUMALACHDAN INNTRIGIDH

Gheibhearr inntrigeadeh dhan chùrsa mar as roghnach le Sabhal Mòr Ostaig. Thathas a' moladh ceum Gàidhlig a bhith aig tagraichean agus/no fileantas no sàr chomas ann a bhith ag obair anns a' Ghàidhlig, agus fileantas no sàr chomas ann a bhith ag obair anns a' Bheurla.

Bhiodh fear no barrachd de na modalan a leanas, no an seise, air neo eòlas is sgilean ceudna nam buannachd do thagraichean:

- Sgilean Eadar-theangachaidh (Translation Skills) SCQF 10
- Sgilean Deasachaidd (Editing skills) SCQF 11

Thèid iarradh air tagraichean iarrtas a choileanadh sa Ghàidhlig, a' toirt cunnatais air na teisteanasan agus an èòlas iomchaidh aca.

Nithearr agallamh le tagraichean a shaoilear freagarrach, aon chuid aghaidh ri aghaidh no le VC no leis a' fòn, mar as goireasaiche.

Thèid comas anns a' Ghàidhlig a mheas, agus thèid feumalachdan taice agus/no leasachaidd a thaobh a' chùrsa a shònachadh is a dheasbad.



PDA

GAELIC TRANSLATION

CODE: U91Q9



DESCRIPTION

The general aim of the PDA Gaelic Translation is to develop translating skills to professional standards and to develop a critical awareness and understanding of translation theory and principles and their relevance to the practical concerns of the translator. The course is intended for those already working as translators who wish to further develop their knowledge, skills and practice and also for those with a high level of language competence in both Gaelic and English who wish to undertake the process necessary to becoming a competent translator working to professional standards.

SPECIAL FEATURES

The PDA Gaelic Translation is a new course delivered through the medium of Gaelic by Sabhal Mòr Ostaig UHI, utilising supported distance learning. The course is a Scottish Qualifications Authority (SQA) Professional Development Award at SCQF Level 11. It consists of two mandatory units: Unit 1 – *Translate Texts from English into Gaelic and Gaelic into English* (2 Credits) and Unit 2 – **Develop Own Performance as a Professional Translator** (1 Credit). Learners will undertake Unit 1 in the first semester and Unit 2 in the second semester.

COURSE CONTENT

This course is a Professional Development Award in Gaelic Translation at SCQF level 11 and consists of two mandatory units:

Semester 1

- Unit 1 HW02 38 – *Translate Texts from English into Gaelic and Gaelic into English* (2 Credits)

Semester 2

- Unit 2 HW01 38 – *Develop Own Performance as a Professional Translator* (1 Credit).

Units are assessed by a combination of translation work and reflective reports.

EMPLOYMENT PROSPECTS

- This course will allow candidates to develop a wide range of skills required by employers in this sector.
- They will be encouraged to develop their practical skills in producing English-Gaelic and Gaelic-English written translations and to analyse and improve their performance as professional translators.

- It is intended that this Group Award, which is aligned to the National Occupational Standards for translation, will be the nationally-recognised award in professional Gaelic translation.

ENTRY REQUIREMENTS

Entry to this qualification is at the discretion of Sabhal Mòr Ostaig. It is expected that candidates will have a degree in Gaelic and/or fluency or a record of excellence of working in Gaelic, and fluency or excellence in working through the medium of English.

Learners would benefit from having attained the skills, knowledge and understanding required by one or more of the following or equivalent qualifications and/or experience:

- Sgilean Eadar-theangachaidh (Translation Skills) SCQF 10
- Sgilean Deasachaидh (Editing skills) SCQF 11

All candidates will be required to complete an application in Gaelic, outlining their qualifications and relevant experience.

All suitable candidates will then be interviewed prior to entry to this qualification. The interview may be conducted through face-to-face attendance or through telephone or video conference as appropriate.

Competence in Gaelic will be assessed at interview and development and support needs, particularly in relation to the requirements of the award, will also be identified and discussed.



[CÙRSAICHEAN SÒNRAICHTÉ SPECIALIST COURSES]

MA

**IONNSACHADH AGUS TEAGASG
(NA H-EALAIN GHÀIDHLIG)
CONSERVATOIRE RÌOGHAIL NA H-ALBA (RCS)**



'S ann dha daoine le Gàidhlig a tha ag obair anns na gniomhachasan cruthachail agus a tha airson an cuid sgilean foghlaim thar caochladh roinn a neartachadh a tha am prògram pàirt-ùine seo. Tha cothrom an lùib a' phrògraim airson barrachd eòlais fhaighinn air cultar na Gàidhlig, agus na sgilean a leasachadh a leigeas leat foghlam ëifeachdach a liubhairt, agus airson pìos-obrach a chruthachadh a chuireas ri leasachadh do chuid eòlais ann am foghlam ealain na Gàidhlig. Thèid am prògram a libhrigeadh air-loidhne, air sreath ghreisean còmhnaidh goirid aig RCS agus aig Sabhal Mòr Ostaig.

MA

**LEARNING AND TEACHING
(GAELIC ARTS)
ROYAL CONSERVATOIRE OF SCOTLAND (RCS)**

This part-time programme is aimed at Gaelic speakers who work in the creative industries who wish to develop as educators in a range of contexts. The programme gives you the opportunity to deepen your understanding of Gaelic culture, and the skills required to deliver effective educational experiences, and to produce a piece of work within your specialised area of the Gaelic arts education sector. The programme will be delivered predominantly online supported by a series of short residential periods at RCS and at Sabhal Mòr Ostaig.



PREANTASACHDAN TÒISEACHAIDH

Tha cothrom ann do dhaoine òga an lùib Phreantasachdan Tòiseachaidh a leigeas leotha eòlas is ionnsachadh obrach feumail fhaighinn fhad's a tha iad san àrd-sgoil. Tha na preantasachdan gan libhrigeadh thar dà bhliadhna mar as àbhaist, ann an S5 is S6, cuide ri cuspairean eile a leithid Nàiseanta 5 no Àrd-ìre.

Tha Sabhal Mòr Ostaig a tabhairn dà Phreantasachd Tòiseachaidh tro mheadhan na Gàidhlig, Seirbheisean Sòisealta: Clann agus Òigradh agus Na Meadhanan Cruthachail is Dideatach.

Is e càrsa fior inntinneach a th' anns a' Phreantasachd Tòiseachaidh Seirbheisean Sòisealta: Clann agus Òigradh, air am bi thu ag ionnsachadh mu chuspairean bunasach do dh'obair-chloinne. Togaidh tu eòlas air an obair phroifeasanta agus air na tha an sàs bho latha gu latha ag obair le clann is òigradh. Bidh thu ag ionnsachadh mu dhion chloinne, slàinte is sàbhailteachd, conaltradh ri clann agus mar a tha clann is òigradh a' fàs agus a' dèanamh adhartais.

Air a' Phreantasachd Tòiseachaidh: Na Meadhanan Cruthachail is Dideatach, bi thu ag ionnsachadh mu chuspairean bunasach ceangailte ri bhith ag obair sna meadhanan. Togaidh tu eòlas air an obair phroifeasanta agus air na tha an sàs bho latha gu latha ann a bhith ag obair anns na Meadhanan Dideatach - mar a bhithseas tu ag innse stòridh, a dèanamh conaltradh agus margaiseachd tro dhiofar shianalan.

Bidh iomadh cothrom romhad ma thig thu air a' chùrsa Preantasachd Tòiseachaidh agus is e ceum aithnichte a th' ann a dh'ionnsaigh obair agus foghlam àrd-ìre. Tha e na shàr eisimpleir do luchd-fastaidh agus do luchd-foghlaim gu bheil thu air a leithid a dhèanamh fhad is a tha thu fhathast san sgoil.

FOUNDATION APPRENTICESHIP

Foundation Apprenticeships offer young people the opportunity to gain valuable, real-world work experience and to access work-based learning while they are still at school. They are typically delivered over 2 years during S5 and S6 and studied alongside other subjects including National 5s or Highers.

Sabhal Mòr Ostaig currently offers two Foundation Apprenticeships, Social Services; Children and Young People and Creative and Digital Media which are both delivered through the medium of Gaelic.

The Social Services - Children and Young People Foundation Apprenticeship is an inspiring course on which you will study the key values and standards of childhood practice. You will experience what it is like to work with children and young people and learn about the professional standards required. You will look at a range of subject areas including safeguarding, health and safety, communication with children and childhood development.

On the Creative and Digital Media Foundation Apprenticeship you will study key aspects of working in the media industry. You will develop practical and theoretical skills, learning what the job entails in the day to day - crafting and telling stories, communicating and marketing through different media channels.

Foundation Apprenticeships are a stepping stone to future opportunities and upon successful completion of the course you will have a qualification that is recognised by employers and colleges & universities across Scotland. It also demonstrates to employers and education providers that you are willing to undertake a new challenge whilst still at school.

PG Cert

STREAP: FOGLAM TRO MHEADHAN NA GÀIDHLIG

Tha am prògram STREAP a' cur roimhe feumalachdan luchd-foghlaim a choileanadh a tha airson an sgilean obrach a leasachadh le bhith a' teagastg cuspair/ire tro mheadhan na Gàidhlig. Tha seallaidhean tèoiriceil, eachdraidheil is poileasaidh gam filleadh a-steach don phrògram a tha a' buntainn ri teagastg bogaidh is dà-chànanach agus brosnachadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Thatтар a' leasachadh sgilean, comasan is misneachd muinntir a' chùrsa sa Ghàidhlig ann an obair clas is meòrachadh sgrùdail ann an co-theacsna na Gàidhlig. Tha Streap ga ruith ann an com-pàirteachas le Oilthigh Obar Dheathain agus le taic-airgid bho Riaghaltas na h-Alba.



PG Cert

STREAP: GAELIC MEDIUM EDUCATION

The STREAP programme aims to meet the needs of educationalists who want to enhance and extend professional practice in the teaching of subject/stage through the medium of Gaelic. The programme covers a range of theoretical, historical and policy perspectives relating to immersion and bilingual teaching and the promotion of Gaelic-Medium Education. It develops participants' personal Gaelic language skills, competence and confidence in classroom practice and critical reflection in the Gaelic-medium context. Streap is run in partnership with Aberdeen University and funded by the Scottish Government.





RANNSACHADH

RESEARCH

Tha Sabhal Mòr Ostaig a' cur gu mòr ri rannsachadh na Gàidhlig. Chaith 16% de dh'obair rannsachaidh na Colaiste ann an cuspairean Ceilteach a chomharrachadh mar "exceptional/ world-leading" agus 45% "internationally excellent" san REF mu dheireadh. Tha a' Cholaiste an sàs ann an iomadh pròiseact rannsachaidh agus aiseig eòlais, a leithid Faclair na Gàidhlig, Ainmean-Àite na h-Alba, Soillse agus Soillse 2, iomairt nàiseanta rannsachaidh a tha a' toirt OGE agus oilthighean ann an Alba is dùthchannan eile cruinn còmhla. Tha luchd-obrach na Colaiste an sàs ann an obair rannsachaidh aig fior àrd-ìre agus tha 8 den luchd-obrach air ceum dotaireachd a chosnadh is 3 air ceum proifeasair a chosnadh.

Tha a' Cholaiste cuideachd a' tabhann trèanadh rannsachaidh do dh'oileanaich fhorcheum tro cheumannan aig ìrean MA, MRes agus PhD.

Sabhal Mòr Ostaig is dedicated to supporting the development of research into the Gaelic language and culture. The College's most recent submission to the Research Excellence Framework [REF] saw 16% of our published output judged to be "exceptional/world-leading" and 45% "internationally excellent".


The College is involved in a number of leading research projects including leithid Faclair na Gàidhlig, Ainmean-Àite na h-Alba, Soillse agus Soillse 2, a collaborative research initiative between UHI and the Universities of Aberdeen, Glasgow and Edinburgh.

Staff at the college are involved in high-level research and have amongst them 8 doctorates and 3 professorships. The College also provides postgraduate research training for the degrees of MA, MRes and PhD.

"Bidh leasachadh na Gàidhlig gu mòr an eisimeil an rannsachaidh a ni sinn air a' chàinain, agus tron chàinain. Tha e na amas aig Sabhal Mòr Ostaig a bhith foillseachadh sàr rannsachadh aig ire eadar-nàiseanta air a' Ghàidhlig, agus air na coimhearsnachdan a bhruidhneas i."

"The future development of Gaelic will depend to a great extent on the research we do on the language, and through the language. Sabhal Mòr Ostaig is dedicated to publishing excellent research of international standing on Gaelic, and on the communities that speak it."





'S e àite cofhurtail agus tlachdmhor a th' anns an Leabharlann far an urrainn do dh'oileanaich an cuij obrach is rannsachaид a dhèanamh agus far a bheil cruinneachaidhean iasaид, fiosrachaيد is dealanach a tha a' toirt taic iomlan don chlàr-oide. Tha cruinneachaidhean sònraichte taisgte san Leabharlann, Cruinneachadh MhicCarmaig agus Cruinneachadh Celtica nam measg. Tha na cruinneachaidhean seo, anns a bheil leabhrachean cho sean ris an 17mh linn, a' buntainn ri cuspairean leithid Gàidhlige. Ceiltis agus eachdraidh shòisealta na Gàidhealtachd. 'S e goireas air leth a th' ann do dh'oileanaich is luchd-rannsachaيد agus tha seo aithnichte anns a' bhallrachd a th' aig an Leabharlann de Chomann Leabharlannan Rannsachaيد na Roinn Eòropa.

Tha an Leabharlann, mar bhall de Sheirbheis Leabharlann OGE, a' toirt cothrom do dh'oileanaich goireasan leabharlann nan colaitsean eile an lùib OGE agus goireasan dealanach OGE a chleachdad.

The College Library provides a relaxed and welcoming environment for students to work and research in. It holds lending, reference and digital collections which provide comprehensive support to the College curriculum. The Library houses outstanding collections of antiquarian books such as the MacCormick and Celtic Collections. These collections date from the 17th century and cover Gaelic, Celtic Studies and Highland social history. The collections are a valuable resource for students and researchers, and their significance is recognised in the Library's membership of The Consortium of European Research Libraries.

The Library, as a partner in the UHI Library Service, offers students access to resources from other college libraries within the UHI network and full access to UHI's electronic resources.

SEIRBHEISEAN OILEANACH

AIG SABHAL MÒR OSTAIG

Tha Seirbheisean Oileanach a' toirt fiosrachaидh, comhairle is taic neo-thaobhach don a h-uile oileanach; làn-ùine is phàirt-ùine agus oileanaich air an làraich is air-astar. Faodaidh tu fios a chur gu Seirbheisean Oileanach mu chùis phearsanta sam bith a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air an obair rannsachaидh agad, mar eisimpleir, ciorram is feumalachdan taic a bharrachd, càram-chloinne, deoch-làidir is drogaichean, fein-dhochann is smuainteан fein-mharbhtach, sgilean rannsachaидh, slàinte, ionmhas is buidseatan, taigheadas, trom-intinn is iomagain, agus duilgheadas pearsanta sam bith eile.

'S e leasachadh saoghal nan oileanach is solarachadh taic nad chuid rannsachaидh am prìomh amas aig Seirbheisean Oileanach.

Nach cuir thu fios thugainn mu na feumalachdan pearsanta agad cho tràth 's a ghabhas gus an tèid againn air na fuasglaidhean as fhèarr dhut a lorg còmhla ri chèile.

Faodaidh a h-uile oileanach na seirbheisean comhairleachaидh a chleachdadh. Tha seirbheis chomhairleachaидh aghaidh-ri-aghaidh ri fhaighinn air an làraich agus faodaidh oileanaich air-astar taic chomhairleachaидh air-loidhne a chleachdadh.

PÀRANTACHADH CORPORRA

Cuiridh sinn fàilte air iarrtasan le daoine òga a bha a' fuireach san t-siostam chûraim agus tha sinn mothachail gur dòcha gum biodh taic a bharrachd a dhith air daoine òga a tha, no a bha, san t-siostam chûraim airson an stiùireadh tro bheatha colaisce. Bhitheamaid nad chomain, ma tha thu air an siostam cùraim fhàgail, nan leigeadh tu fios dhuinn air an iarrtas agad, gus an toireadh sinn cuideachadh is taic dhut fhad 's a tha thu aig a' Cholaiste. Tha eisimpleirean den t-siostam chûraim an seo: dachaigh cùraim, càram daltachd agus càram chàirdean (càram le caraidean is càirdean seach pàrantan). 'S dòcha gu bheil thu den bheachd nach biodh an tuilleadh taic a dhìth ort ach ma dh'atharraicheadh an suidheachadh uair sam bith, tron iarrtas no tron chûrsa agad, faodaidh tu fios a chur gu seirbheisean oileanaich uair sam bith.

STUDENT SERVICES

AT SABHAL MÒR OSTAIG

Student Services offers impartial information, guidance and assistance to all students; both full and part-time and those on campus or studying at a distance. You can contact Student Services about any personal issue which may affect your studies such as disability and additional support needs, child care, alcohol & drugs, self-harm & suicidal thoughts, study skills, health and wellbeing, finance & budgeting, housing, depression & anxiety, and any other personal difficulty.

The primary aim of Student Services is to enhance your student experience and to support you to complete your studies.

Please get in touch to discuss your individual needs at an early stage so that we can find solutions together which are best for you.

Counselling services are available to all students. A face-to-face counselling service is available on campus and distance learning students can access online counselling support.

If you would like to get in touch, please contact:

Co-ordanaiche Sheirbhisean Oileanach/
Student Services Co-ordinator
+44 (0)1471 888305, enp1.smo@uhi.ac.uk

CORPORATE PARENTING

We welcome applications from Care Experienced Young People and are aware that young people who are in or who have left care may need extra support to get through College life. We would encourage you to let us know on application if you are a care leaver so that we can offer assistance and support you through your time at the College. Examples of care are; residential care, foster care, and kinship care (cared for by friends or relatives other than parents). You may find that you don't think you need any support but if this changes at any point, throughout application or at any point throughout your course, please don't hesitate to contact student services.

FO-CHEUM

Gheibh thu fiosrachadh air na teisteasanan a tha a dhìth airson àite fhaighinn air gach càrsa air duilleagan nan càrsachean. Tha na càrsachean làn-thìde gan teagast tro mheadhan na Gàidhlig is mar sin feumaidh beagan Gàidhlig a bhith agad mus tòisich thu air càrsa. Tha siostam soilleir aig a' Cholaiste far an urrainn do dh'oileanaich adhartas a dhèanamh tro na càrsachean, bho càrsachean goirid gu càrsachean air astar gu càrsachean fo-cheum is for-cheum, a tha a' toirt cothrom farsaing do dhaoine air foghlam Gàidhlig.

Ma thu a' fàgail na sgoile no a' cur a-steach gu còrr is aon oilthigh, feumaidh an tagradh agad a dhol tro UCAS. 'S e UCAS am prìomh sheirbheis innrigidh do gach oilthigh is colaiste ann am Breatainn.

Còdan UCAS

Ainm Institiùid: HIP

Còd Institiùid: H49

Còd na h-Àrainn: K

Tha cinn-ùine fa-leth aig UCAS a rèir càrsa, na bliadhna a bhios neach a' tòiseachadh agus na dùthcha dham buin iad. Tha a' Cholaiste a' moladh gun cuirear tagraighean a-steach cho luath 's a ghabhas ach dh'fhaodadh gun gabhadh a' Cholaiste ri tagraighean an deòidh nan ceann-latha seo. Dh'fhaoidte gum faigh oileanaich àite tron t-siostam cothromachaидh, a rèir am bi àite ri fhaighinn air a' chàrsa do dhaoine eile. Mar as àbhaist bidh cothromachadh a' ruith bho mheadhan an luchair.

DIP HE ANNS NA MEADHANAN GÀIDHLIG

Airson a'chàrsa Dip HE anns na Meadhanan Gàidhlig bu chòir dhut bruidhinn ri Stiùiriche a' Chàrsa air

+ 44 (0)1471 888 336 | cni.smo@uhi.ac.uk

FOR-CHEUM

Airson a' chàrsa MSc Cultar Dùthchasach is Eachdraidh na Gàidhealtachd cuir fios don Oifis Innrigidh air

+44 (0)1471 888 304 | iarrtas@smo.uhi.ac.uk

FOGHLEM AIR ASTAR

Bu chòir do thagraichean airson chàrsaichean air astar is pàirt-thìde fios direach a chur don Cholaiste. Gheibh thu foirm iarrtais bho Sgioba Foghlam Fad Beatha air

+ 44 (0)1471 888449 | astar@smo.uhi.ac.uk

CÀRSAICHEAN GOIRID

Bu chòir do thagraichean airson nan càrsachean goirid a dhol tro shiostam nan càrsachean.

Gheibh thu tuilleadh fiosrachaidh bho Sgioba nan Càrsachean Goirid air

+44 (0)1471 888 240 | cg@smo.uhi.ac.uk

OILEANAICH EADAR-NÀISEANTA

Airson foirm iarrtais, cuiribh fios don Oifis Innrigidh air

+44 (0)1471 888304 | iarrtas@smo.uhi.ac.uk

CÌSEAN IS TAIC-AIRGID

Tha am fiosrachadh as ùire mu chìsean is taic-airgid ri fhaicinn air an làraich-lìn.

www.smo.uhi.ac.uk

MA THA CEISTEAN AGAD
FEUCH GUN CUIR THU FIOS
DON OIFIS INNTRIGIDH AIR

+44 (0)1471 888 304

no tro phost-d gu

iarrtas@smo.uhi.ac.uk

APPLICATIONS AND FEES

APPLY FOR ENTRY

UNDERGRADUATE

Individual courses have their own entry requirements and you will find further information in the course section. All full-time courses are taught through the medium of Gaelic, therefore a level of competence in the language is required on entry. In widening access to its courses, the College provides a clearly defined course progression system from the short course programme to distance learning options through to undergraduate and postgraduate study.

If you are applying for a degree course and you are a school leaver or are applying to multiple universities, then you must apply through the Universities and Colleges Admissions Service (UCAS). This is the central admissions service for all universities and colleges of higher education in the UK.

UCAS Code

Institution Name: HIP

Code: H49

Campus: K

There are various deadlines for UCAS applications depending on the choice of course, entry year and country of domicile. The College encourages prospective students to submit applications as early as possible but may consider late applications. Applicants will also have the opportunity to secure a place through clearing, depending on the number of available places on the chosen course. Clearing usually runs from mid-July.

DIP HE IN GAELIC MEDIA

For the Dip HE in Gaelic Media course you should make your enquiries directly to the course leader on **+44 (0)1471 888336 | cni.smo@uhi.ac.uk**

POSTGRADUATE

For the MSc Material Culture & Highland History please contact the Admissions Office on **+44 (0)1471 888304 | iarrtas@smo.uhi.ac.uk**

DISTANCE LEARNING

Applications for part-time study and for distance learning and access programmes should be made directly to the College. For an application form please contact the Distance Learning Department on **+44 (0)1471 888449 | astar@smo.uhi.ac.uk**

SHORT COURSES

Applications for short courses should be made through the Short Course booking system. For further information and a course prospectus contact the Short Course Team on **+44 (0)1471 888 240 | cg@smo.uhi.ac.uk**

INTERNATIONAL STUDENTS

For an application form please contact the Admissions Office on

+44 (0)1471 888304 or iarrtas@smo.uhi.ac.uk

TUITION FEES & FUNDING

Please see the website for full details of Student Fees & Funding.

www.smo.uhi.ac.uk

**OUR ADMISSIONS OFFICE
WILL BE HAPPY TO ANSWER
ANY QUESTIONS YOU MAY
HAVE ON**

[+44 \(0\)1471 888 304](tel:+44(0)1471888304)

or by email to

iarrtas@smo.uhi.ac.uk

POILEASAIDH CÀNAIN

'S e àite sòrrachte a th' ann an Sabhal Mòr Ostaig. Bidh sinn a' tabhann chùrsaichean tarraingeach inntinneach tro mheadhan na Gàidhlig ach, cuideachd, bidh sinn a' cruthachadh àrainneachd gu tur Gàidhlig aig a' Cholaiste, far am bi a' Ghàidhlig ga bruidhinn leis a h-uile duine fad an latha mar chànan làidir beòthail.

Aig Sabhal Mòr Ostaig cleachdaidh tu a' Ghàidhlig anns na clasaichean agad, ach cuideachd cleachdaidh tu a' Ghàidhlig fad an latha air feadh na Colaiste: bho cheannach stampaichean, cleachdadh an Leabharlann gu spòrs agus bruidhinn ri caraidean. Cha bhi a h-uile duine fileanta nuair a thig iad, agus bidh feadhainn cleachdte ri bhith a' bruidhinn na Beurla ri chèile agus bidh aca ri tionndadh gu Gàidhlig. Ach gach bliadhna thig oileanaich dhan Cholaiste, bruidhnidh iad a' Ghàidhlig ri chèile agus thig an cuid Gàidhlig air adhart gu mòr.

Nuar a thig thu gu Sabhal Mòr Ostaig, faodaidh dùil a bhith agad ri àrainneachd gu tur Gàidhlig. Bidh sinn uile ag obair còmhla agus a' cruthachadh na coimhearsnachd Gàidhlig againn mar sgioba, ag ionnsachadh na Gàidhlig dha chèile agus a' cleachdadh na Gàidhlig mar bu chòir, mar chànan ar Colaiste, ar cultair agus ar dùthcha.

Gheibh thu barrachd fiosrachaидh mun Phoileasaidh Cànan againn agus mu Chùmhñant Gàidhlig nan Oileanach mus tig thu mar oileanach gu Sabhal Mòr Ostaig. Tha Sabhal Mòr Ostaig air Plana Gàidhlig ullachadh fo Ached na Gàidhlig 2005 a tha a' mineachadh gu mionaideach mar a bheir sinn a' Ghàidhlig air adhart aig a' Cholaiste agus gu nàiseanta.

Tha sinn an dòchas gum faic sinn a dh'aithghearr thu mar phàirt de dh'lonad Nàiseanta na Gàidhlig!



LANGUAGE POLICY

Sabhal Mòr Ostaig is an extraordinary place. We not only offer a range of exciting courses through the medium of Gaelic, we also strive to create a completely Gaelic environment at the College promoting Gaelic as a strong and vibrant spoken language in the 21st century.

At Sabhal Mòr Ostaig, you will not only use Gaelic in class, but your whole life at the College will be in Gaelic, from buying stamps and using the library to playing sports and hanging out with friends. Not everyone will be fluent when they arrive at the College, and some students may already know each other and be used to speaking English to each other and will have to switch to Gaelic. However, every year students come to Sabhal Mòr Ostaig and successfully use Gaelic throughout the day, making new friends in the language and greatly improving their fluency at the same time.

When you arrive at Sabhal Mòr Ostaig, you can expect a completely Gaelic environment at the College. This is something we all create together as a team, giving all students the best possible learning environment and giving Gaelic its rightful place as the language of our college, our culture and our country.

You'll receive more information about the College's Language Policy and the Students' Gaelic contract before you come to Sabhal Mòr Ostaig. Sabhal Mòr Ostaig has prepared a Gaelic Language Plan under The Gaelic Language (Scotland) Act 2005, which sets out how we will promote Gaelic at the College and across the nation.

We hope you decide to join us and take part in our lively Gaelic community here at lonad Nàiseanta na Gàidhlig!



CUIR FIOS THUGAINN

FIOSRACHADH COITCHEANN

fios@smo.uhi.ac.uk | +44 (0) 1471 888000

Gheibh thu tuilleadh fios agus comhairle bho Oifis Chlàraigdh na Colaiste mu bhith a' cur a-steach iarrtas don Cholaiste.

CONTACT US

GENERAL ENQUIRIES

fios@smo.uhi.ac.uk | +44 (0) 1471 888000

Our Registry & Admissions Office will be happy to advise on a course of study to suit you and provide you with information on how to apply.

Oifis Chlàraigdh, Sabhal Mòr Ostaig, Slèite, An t-Eilean Sgitheanach IV44 8RQ,

+ (0)1471 888304 | iarrtas@smo.uhi.ac.uk

Carson nach tèid sibh dhan duilleig Facebook no Twitter againn: Agus cum sùil air an t-seanail YouTube againn;

Why not visit our Facebook or Twitter page: And keep an eye on our YouTube Channel;



Sabhal Mòr Ostaig



@SabhalMorOstaig



SMO TBH

W W W . S M O . U H I . A C . U K

Air a dhealbhadh le - www.canangraphicsstudio.co.uk

Designed by CGS - www.canangraphicsstudio.co.uk

Clò-bhualadh: J Thomson

Printed: J Thomson

Taing do na h-oileanaich agus luchd-obrach a chuidich leis an ro-shealladh seo.

Thank you to all students and staff who helped in the production of this prospectus.

Bha am fiosrachadh seo uile ceart nuair a chaidh an ro-shealladh seo a chur ann an clò.

The information in this prospectus is correct at the time of going to print.

Tha na dealbhan uile anns an ro-shealladh seo dlighe-sgriobhte agus chan fhaodar an cleachdadh gun chead.

All photographs and images used in this prospectus are protected by copyright and may not be reproduced without permission.

Mòran taing dha na dealbhadairean a leanas:

Thank you to the following photographers:

Steve McKenzie, Agnes Mitchell, Calum Maclean, Gordon Willoughby, Josh Cameron, Morag & Gordon Brown, Alan Peebles, Dòmhnaill Eòghainn MacKinnon, Seall.

THIGIBH BEO SA GHÀIDHLIG



COTHROM

CULTAR

COIMHEARSNACHD

CRIDHE

CLIÙ

CÀRDEAS

CÈOL

CÀNAN